



Scottish Land Commission
Coimisean Fearainn na h-Alba

Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan

2024/25

Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan 2024/25

Air a cur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba, a rèir Earrann 20, Clàr 2, paragraf C de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016.



Scottish Land Commission
Coimisean Fearainn na h-Alba

Dhan Fhìor Urramach Iain Swinney
Prìomh Mhinistear an Rìgh

A Phrìomh Mhinistear chòir

Tha sinn ga mheas mar urram a bhith a' cur fa ur comhair an siathamh Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan airson Coimisean Fearainn na h-Alba, a' buntainn ris a' bhliadhna 2024-25.

Leis gach deagh dhùrachd,

Mìcheal Ruiseal, Cathraiche

Hamish Trench, Ceannard

An Lòchran, 10 Àrainn Inbhir Nis, Inbhir Nis, IV2 5NA
info@landcommission.gov.scot | 01463 423 300 | www.landcommission.gov.scot

Clàr-innse

Aithisg Coileanaidh	5
Tar-shealladh	6
Ro-ràdh	6
Cò sinne	8
Na tha sinn a' dèanamh	9
Na prìomh chùisean is chunnartan a tha romhainn	15
Mion-sgrùdadh air coileanadh	17
Na choilean sinn	18
A' toirt seachad comhairle air ath-leasachadh lagha, poileasaidh is cleachdaidh	21
A' cumail taic ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba	23
Conaltradh	24
Coimiseanair Tuathanachas Màil	25
Suidheachadh Ionmhasail	29
Tar-shealladh Ionmhasail	30
A' bhuidheann againn	32
Pròifil Chunnartan: Geàrr-chunntas 2024/25	33
A' Planadh air adhart	34
Lèirmheas so-sheasmhach, sòisealta agus àrainneachdail	35
Feabhas luach	37
So-ruigsinneachd	38

Clàr-innse a' leantainn...

Aithisg Cunntachalachd	39
Aithisg air Riaghladh Corporra	40
Aithisg nan Stiùirichean	40
Aithris air Uallaichean an Oifigeir Chunntachail	48
Aithris air Riaghladh	50
Aithisg air Ìocadh is Luchd-obrach	62
Poileasaidh air Ìocadh	62
Aithisg air Luchd-obrach	69
Aithisg Cunntachalachd Phàrlamaideach	71
Aithisg an Luchd-sgrùdaidh Neo-eisimeilich	73
Aithrisean Ionmhasail	81
Aithris air caiteachas lom iomlan	82
Aithris air an t-suidheachadh ionmhasail	83
Aithris air sruthan airgid	84
Aithris air atharrachadh ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean	85
Nòtaichean mu na h-aithrisean ionmhasail	86
Stiùireadh air Cunntasan	97

Aithisg Coileanaidh



Tar-shealladh

Tha an aithisg coileanaidh na geàrr-chunntas air Coimisean Fearainn na h-Alba, air ar n-adhbhar, ar n-amasan agus ar coileanadh thar na bliadhna agus cuideachd air buaidh agus stiùireadh nam prìomh chunnartan a tha ron bhuidhinn.

Ro-ràdh

Bho Chathraiche agus bho Cheannard Coimisean Fearainn na h-Alba

Tha mar a tha fearann fo sheilbh agus air a chleachdadh aig cridhe amasan Riaghaltas na h-Alba gus an eaconamaidh fhàs agus dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-thìde agus neo-ionannachd. Chuimsich an obair againn ann an 2024/25 air mar a bhios ath-leasachadh air seilbh agus cleachdadh fearainn a' toirt nam prìomhachasan nàiseanta seo gu buil.

Rè na bliadhna, thug Riaghaltas na h-Alba a-steach ìre a h-aon de Bhile Ath-leasachadh an Fhearainn don phàrlamaid, bile a tha a' tarraing air rannsachadh susbainteach a rinn an Coimisean roimhe. Bho chaidh fhoillseachadh, tha an Coimisean air tuilleadh comhairle a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidh a tha an riaghaltas ag iarraidh aig na ceumannan a thathar a' moladh. Tha am Bile a' toirt a-steach atharrachaidhean susbainteach a bhios a' riaghladh ghabhaltasan-fearainn mòra a rèir math a' phobaill a bharrachd air tuilleadh atharrachaidhean air gabhaltas àiteachais.

Thug am Prògram Deagh Chleachdaidh againn taic do chòrr is 80 cùis a' toirt comhairle do dhaoine fa leth, coimhearsnachdan, uachdarain fearainn agus carthannasan. Tha seo a' toirt a-steach comhairle fhor-ghnìomhach air conaltradh coimhearsnachd agus buannachd coimhearsnachd, agus cùisean far a bheil draghan air an togail mu ghiùlan nach eil a rèir dùilean Aithris Chòraichean is Dhleastanasan Fearainn na h-Alba.

Tha ruigsinneachd air fearann airson taigheadas ann an àite freagarrach agus aig prìs reusanta na phàirt chudromach de bhith a' dèiligeadh ri èiginn taigheadais na h-Alba. Dh'fhoillsich sinn moladh, le taic bho rannsachadh ùr, airson atharrachadh mòr anns an obair a bhios buidhnean poblach a' dèanamh a dh'ionnsaigh solar fad-ùine a chruthachadh de thalamh airson taigheadas ann an sgìrean dùthchail na h-Alba.

Lean sinn oirnn a' foillseachadh aithisgean bliadhnail air anailis agus dàta malairt ann am margaidh an fhearainn dhùthchail. A-nis anns a' cheathramh bliadhna aithris, tha an dàta seo a' dèanamh mion-sgrùdadh luachmhor gus fiosrachadh a thoirt do bhile ath-leasachadh an fhearainn agus poileasaidh is cleachdadh nas fharsainge.

Thòisich an Coimisean air obair am-bliadhna gus gealladh Riaghaltas na h-Alba a choileanadh anns an ro-innleachd chìsean aca a thaobh rannsachadh a dhèanamh air àite chìsean ann an ath-leasachadh fearainn agus atharrachadh cleachdadh fearainn airson neoni lom. Thòisich sinn cuideachd air obair gus taic a thoirt do dh'Ath-bhreithneachadh Riaghaltas na h-Alba air Còir-cheannaich Coimhearsnachd, a' gabhail a-steach buidheann fiosrachaidh a stèidheachadh airson taic agus comhairle a thoirt don ath-bhreithneachadh.

Am-bliadhna chuir sinn fàilte do bhòrd a' Choimisein air dà Choimiseanair Fearainn ùr agus Coimiseanair Tuathanachas Màil ùr, a thòisich nan dreuchdan san Dùbhlachd 2024.



Michael Russell
Cathraiche



Hamish Trench
Ceannard

Cò sinne

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba na bhuidheann phoblach neo-roinneil (NDBP) a chaidh a stèidheachadh air 1 Giblean 2017 fo Achd Ath-leasachaidh an Fhearainn (Alba) 2016. Air a' Choimisean, tha còig Coimiseanairean Fearainn agus aon Choimiseanair Tuathanachas Màil, agus chaidh iad uile a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba. Tha a' bhuidheann stèidhichte ann an Inbhir Nis agus a' fastadh sgioba de 17 luchd-obrach (mar a bha e air 31 Màrt 2025), leis a' Cheannard, Hamish Trench, air an ceann. Tha ar prìomh obair air a làn-mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, le buidseat de £1.615m airson 24-25.

Coimisean Fearainn
na h-Alba

Structar na Buidhne

Bòrd nan
Coimiseanairean

Ceannard (Oifigear Cunntachail)

Sgioba-stiùiridh

Luchd-obrach



Na Coimiseanairean Fearainn (clì gu deas): Rob MacGilleDhuibh (Coimiseanair Tuathanachas Màil), An t-Oll. Calum MacLeòid, An t-Àrd-oll. Deb Roberts, Mìcheal Ruiseal (Cathraiche), An t-Oll. Lucy Beattie agus An t-Oll. Craig MacCoinnich.

Na tha sinn a' dèanamh

'S e dreuchd Coimisean Fearainn na h-Alba a bhith a' brosnachadh smaoineachadh ùr agus atharrachadh anns an dòigh 's a bheil Alba a' sealbhachadh agus a' cleachdadh fearann agus a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba air prògram leantainneach de dh'ath-leasachadh fearainn. A bharrachd air a bhith a' toirt seachad comhairle agus molaidhean airson lagh agus poileasaidh, bidh sinn a' libhrigeadh ceannas a thaobh atharrachadh ann an cultar agus cleachdadh.

An lèirsinn againn

Tha sealbhachadh agus cleachdadh fearainn a' cumail taic ri daoine agus àiteachan soirbheachail.

Ar luachan

Cumaidh na prìomh luachan againn taic ris an obair a nì sinn agus mar a bhios sinn ag obair.

Ionracas

Tha sinn ag obair airson muinntir na h-Alba agus tha sinn cunntachail riutha.

Dùbhlán

Tha sinn a' cur dùbhlán oirnn fhìn agus air càch a bhith a' stiùireadh atharrachadh.

Tionnsgalachd

Tha sinn a' leasachadh smaoineachadh a tha àrd-amasach agus adhartach.

Cumhachdachadh

Tha sinn gar brosnachadh fhìn agus a' brosnachadh càch gus miannan-adhartais na h-Alba a choileanadh tro ath-leasachadh an fhearainn.



Builean ro-innleachdail

Tha sinn ag amas air builean brìoghmhor, fad-ùine a choileanadh a thaobh daoine, cumhachd agus beartas. Le bhith gan lìbhrigeadh, bidh cumhachd aig barrachd dhaoine, bithear a' toirt dùbhlann do mhì-chleachdadh cumhachd far an tachair e, agus bidh cothroman airson beartas air an toirt gu buil. Cuidichidh na builean a dh'ionnsaigh còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail a choileanadh mean air mhean, a tha a' stiùireadh dòigh-obrach na h-Alba a thaobh ath-leasachadh fearainn.

Bidh sinn ag obair gus na builean seo a choileanadh:



Daoine

Bidh daoine a' com-pàirteachadh agus a' toirt buaidh air co-dhùnaidhean mu mar a thathar a' cleachdadh fearann.



Cumhachd

Tha cumhachd agus smachd air fearann air a cho-roinn nas fharsainghe tro shealbhachadh is riaghladh eadar-mheasgte.



Beairteas

Tha luach agus buannachdan an fhearainn air an cleachdadh gu cothromach gus beairteas agus sunnd eaconamach a chruthachadh.

Lìbhrigidh sinn an ro-innleachd againn le bhith a' dèanamh na leanas:

- **Comhairleachadh** mu ath-leasachaidhean air lagh, poileasaidh agus cleachdadh: bheir sinn seachad fianais, mion-sgrùdadh agus comhairle do Mhinistearan na h-Alba, dhan Phàrlamaid agus do luchd-ùidh.
- **Cumail taic** ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba (LRRS): bheir sinn seachad comhairle agus stiùireadh airson daoine agus buidhnean a chuideachadh gus prionnsapalan LRRS a chur an gnìomh, a' gabhail a-steach tro libhrigeadh a' Phrògram Deagh Chleachdaidh.
- **Brosnachadh** deagh dhàimhean eadar uachdarain àiteachais agus luchd-gabhail tro ghnìomhan a' Choimiseanair Tuathanachas Màil: bheir sinn taic do libhrigeadh gnìomhan reachdail a' Choimiseanair Tuathanachas Màil, a' feuchainn ri co-chòrdadh fhaighinn leis a' phrògram-obrach nas fharsainge againn.
- **Conaltradh** le daoine mu carson a tha fearann cudromach agus mar as urrainn dhaibh a dhol an sàs sa chùis: bheir sinn am poball agus luchd-ùidh an lùib na h-obrach againn, togaidh sinn co-obrachadh agus cleachdaidh sinn an dreichd gairm againn airson diofar eòlas agus seallaidhean a thoirt còmhla le fòcas co-roinnte.

Ciamar a tha sinn ga dhèanamh?

Tha sinn a' coileanadh ar plana ro-innleachdail is na builean againn tro:

- **Rannsachadh agus comhairle air poileasaidh** – a' toirt seachad fianais agus anailis, comhairle agus molaidhean do Mhinistearan na h-Alba, do Phàrlamaid na h-Alba agus do luchd-ùidh;
- **Stiùireadh atharrachadh ann an cleachdadh**: a' toirt seachad dùilean soilleir agus taic airson daoine agus buidhnean a chuideachadh gus Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn na h-Alba a chur an sàs;
- **Cumail taic ris a' Choimiseanair Tuathanachas Màil**: a' coileanadh nan dleastanasan reachdail airson deagh dhàimhean a bhrosnachadh eadar uachdarain àiteachais agus luchd-gabhail;
- **Com-pàirteachadh le luchd-ùidh agus leis a' phoball** ann a bhith a' cumadh ar n-obrach agus a' meudachadh buaidh na bhios sinn a' dèanamh.

Ann an 2024/25 lean sinn oirnn a' libhrigeadh ar plana ro-innleachdail airson 2023-26. Chuir an Coimisean air dòigh rannsachadh is anailis, conaltradh poblach is tachartasan, a' dèanamh mholaidhean airson atharrachaidhean mòra ann an lagh is poileasaidh, a bharrachd air taic a thoirt do atharrachaidhean nas luaithe ann an cultar is cleachdadh.

Faisg air deireadh na bliadhna leasaich sinn Prògram na h-Obrach ùraichte, a chaidh fhoillseachadh air 1 Giblean 2025, a tha a' stiùireadh ar prìomhachasan thairis air an dàrna 18 mìosan den phlana ro-innleachdail againn an-dràsta. Tha ar dealbhadh gnothaich airson na bliadhna a tha romhainn a' mìneachadh mar a libhrigeas sinn prògram na h-obrach agus mar a riaraicheas sinn ar goireasan.

An Structar Libhrigidh againn

Tha Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba a' stèidheachadh mar a bhios sinn ag aithris air ar planaichean libhrigidh agus tha e air a mhìneachadh gu h-ìosal:

- **Frèam-obrach aonta le Riaghaltas na h-Alba:** a' comharrachadh nam prìomh dhreuchdan agus dhleastanasan a tha a' cur taic ris an dàimh againn le Riaghaltas na h-Alba
- **Plana Ro-innleachdail:** A' mìneachadh nam prìomh raointean obrach fad trì bliadhna.
- **Prògram na h-Obrach:** a' cur an cèill mar a bhios sinn a' libhrigeadh a' phlana ro-innleachdail
- **Plana gnothaich:** a' mìneachadh mar a chleachdas sinn ar goireasan gach bliadhna gus Prògram na h-Obrach a choileanadh

Thàinig grunn phìosan obrach cudromach gu crìch rè a' phlana gnìomha againn airson 2024-25, agus thòisich raointean obrach ùra, uile air a stiùireadh tro chom-pàirteachadh le luchd-ùidh agus com-pàirteachadh poblach. Chuir adhartas agus crìochnachadh nam builean ris a' phlana gnothaich bhliadhnail, ri builean ro-innleachdail agus ri builean Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba.

Tha am Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba a' mìneachadh nan àrd-bhuilean nàiseanta gus Alba a dhèanamh na h-àite-fuirich nas fheàrr agus na dùthaich nas beartaiche agus nas soirbheachaile.



Bidh sinn a' cur ri

Tha na builean air taobh-duilleig 10 a' cur ris na builean a leanas ann am frèam-obrach coileanaidh nàiseanta Riaghaltas na h-Alba agus ri amasan nan Dùthchannan Aonaichte airson leasachadh seasmhach.

Builean frèam-obrach coileanaidh nàiseanta Riaghaltas na h-Alba:




Amasan nan Dùthchannan Aonaichte airson Leasachadh Seasmhach:



- Bailtean mòra agus coimhearsnachdan seasmhach
- Neo-ionannachd air lùghdachadh
- Gnìomhach a thaobh na gnàth-thìde

- Beatha air an fhearann
- Deagh chosnaidhean agus fàs eaconamach

B' i am-bliadhna tè de dh'obair fhor-ghnìomhach, a' freagairt ri suidheachadh a tha ag atharrachadh, agus adhartas Bile Ath-leasachadh an Fhearainn aig Riaghaltas na h-Alba. A dh'aindeoin cruth-tìre a tha a' sìor atharrachadh, tha an Coimisean an-còmhnaidh sùbailte na dhòigh-obrach. Thug coinneamhan riaghlaidh is buidhne cunbhalach cothrom dhuinn ar prìomhachasan agus ar comas-lìbhrigidh ath-sgrùdadh, a' dèanamh atharrachaidhean riatanach air clàran-ama agus planadh obrach gus a bhith cinnteach gun tèid prìomh bhuilean a libhrigeadh gu soirbheachail a rèir ar plana gnothaich agus ro-innleachdail. Mar thoradh air sin, choilean sinn 94%(82% 2023/24) de na builean dealbhaichte againn sa phlana gnothaich bhliadhnail againn. Lìbhrig sinn ar plana gnothaich taobh a-staigh 1% (5.39% 2023/24) den bhuidseat bhliadhnail againn, gu math nas ìsle na ar targaid de 2% (2% 2023/24).



Lìbhrig sinn ar
plana gnothaich
taobh a-staigh
1% den bhuidseat
bhliadhnail againn,
gu math nas ìsle na
ar targaid de 2%.

Na prìomh chùisean is chunnartan a tha romhainn

Am-bliadhna, bha na prìomh chunnartan romhainn a' buntainn ri air ar comas freagairt ri suidheachadh a tha ag atharrachadh, gu sònraichte buaidh bile ath-leasachadh an Fhearainn agus sìor ghainnead ionmhas poblach air a' Choimisean, agus dealbhadh gluasaid airson atharrachadh ann am ballrachd a' bhùird.

Cuiridh Bile Ath-leasachadh an Fhearainn dleastanasan ùra air a' Choimisean, ged nach bi iad sin cinnteach gus am bi am pròiseas pàrlamaideach seachad. Chaidh am bile a thoirt a-steach aig deireadh na bliadhna ionmhais. Bidh am bile cuideachd ag adhbhrachadh atharrachadh ann an obrachadh dàimhean luchd-ùidh, le luchd-ùidh a' cuimseachadh air na h-atharrachaidhean reachdail.

Bha an Coimisean fosgailte agus gnìomhach tron bhliadhna ann a bhith a' toirt seachad comhairle air a' bhile don riaghaltas, don phàrlamaid agus do luchd-ùidh. Tha ar comhairle air dòighean a mholadh airson a' bhile a neartachadh agus a dhèanamh nas sìmplidhe gus a bhith cinnteach gu bheil e a' coinneachadh ri amasan nam Ministearan.

Thug sinn cuideachd fiosrachadh tùsail don riaghaltas a thaobh measadh buaidh air goireasan an lùib ghnìomhan ùra sa bhile, ged a dh'fheumas seo ath-sgrùdadh faiceallach fhad 's a thèid a' bhile air adhart agus a thèid na dùilean a bhios air a' Choimisean san àm ri teachd a dhaingneachadh.

Ann an 2024/25 chruthaich atharrachadh a bharrachd a bha san amharc ann am ballrachd a' bhùird cunnartan a thaobh leantainneachd riaghlaidh agus dàimhean luchd-ùidh. Chaidh iad sin a riaghladh tro phrògram gnìomhach de chom-pàirteachadh a-staigh leis a' bhòrd/luchd-obrach, com-pàirteachadh air an taobh a-muigh agus inntigeadh a' bhùird.

Tha sinn den bheachd gur ann aig na cùisean a leanas a bhios a' bhuidh as motha air an dòigh san libhrig sinn ar n-obair thairis air an ath bhliadhna. Chaidh an comharrachadh mar ìre cunnairt mheadhanaich aig deireadh 2024-25.



Priomh Chunnart	Tuairisgeul	Lasachadh
Barrachd dhleastanasan air sgàth Bile Ath-leasachadh an Fhearainn	Dh'fhaoidte gun cuir toirt a-steach Bile Ath-leasachadh an Fhearainn dleastanasan agus dùilean reachdail a bharrachd air a' Choimisean gun àrdachadh co-fhreagarrach ann an goireasan, a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air ar comas prìomhachasan làithreach a libhrigeadh.	- Dol an sàs gu tràth is gu cunbhalach le Riaghaltas na h-Alba mu bhuidh na Bile air goireasan. - Dealbhadh suidheachaidh gus prìomhachas a thoirt do dhleastanasan reachdail agus prògram na h-obrach atharrachadh a rèir sin. - Dealbhadh a-staigh a neartachadh gus dèanamh cinnteach à sùbailteachd ann a bhith ag atharrachadh planaichean libhrigidh.
Cuingeadan ionmhas poblach	Dh'fhaodadh uallach fiosgail leantainneach prìomh bhuidseat a' Choimisein a chuingealachadh, a' bacadh a' chomais obair dhealbhaichte a libhrigeadh agus freagairt gu sùbailte ri prìomhachasan nàiseanta ùra.	- Co-thaobhaich dealbhadh gnothaich ris a' mhaoineachadh a tha ri fhaighinn, a' dèanamh cinnteach prìomhachas a chur air obair reachdail agus obair le buaidh mhòr. - Cùm suas com-pàirteachasan ro-innleachdail gus buaidh a leudachadh tro cho-obrachadh. - Lean air adhart a' sireadh èifeachdas ann an libhrigeadh agus a' sgrùdadh cothroman maoineachaidh bhon taobh a-muigh far a bheil sin iomchaidh.
Cùisean poileasaidh a tha a' tighinn am bàrr ag adhbharachadh obair nach eil air a dhealbhadh	Tha cunnart ann gum bi àrainneachd poileasaidh air an taobh a-muigh a tha ag atharrachadh gu luath a' stiùireadh gnìomhachd nach eil air a dhealbhadh seach gnìomhachd ro-innleachdail, a' toirt droch bhuidh air èifeachdas comhairle mu poileasaidh agus dàimhean le luchd-ùidh.	- Cùm prògram obrach a' dol a cheadaicheas sùbailteachd a' freagairt ri cùisean ùra. - Cuimsich air coimhead air adhart agus dàimhean le luchd-ùidh gus atharrachaidhean poileasaidh a ro-innse. - Dèan cinnteach gu bheil comas a-staigh agus pròiseasan riaghlaidh a' toirt taic do cho-dhùnidhean ro-innleachdail ann an deagh àm.

Tha an Coimisean air na cunnartan seo a lasachadh tron fhrèam-obrach riaghladh chunnartan, riaghladh buidseit, riaghladh dhàimhean, is ro-aithris cho math ri tro phrògram leasachaidh na buidhne againn agus tha e a' cumail nan cunnartan fo sgrùdadh gnìomhach. Chuimsich cunnart ùr a chaidh a chur ris a' chlàr ann an 2024-25 air na h-atharrachaidhean a bha ri thighinn air ballrachd a' Bhùird againn agus an dàil a dh'fhaodadh a bhith ann an stiùireadh ro-innleachdail nan deigheadh dàil a chur air fastadh bhall ùra no mura deigheadh buill ùra fhasadh. Gus an cunnart sin a lasachadh, chaidh sinn an sàs gu tràth leis an sgioba sponsaireachd againn gus am biodh am fiosrachadh gu lèir aig an Sgioba Fastaidh gus an clàr-ama fastaidh a thoirt air adhart.

Gheibhear barrachd fiosrachadh air an riaghladh chunnartan againn ann an 2024-25 san anailis Coileanadh againn agus san Aithris Riaghlaidh againn (taobh-duilleig 50).

Mion-sgrùdadh air coileanadh

Bidh am mion-sgrùdadh air coileanadh a' dèanamh lèirmheas de dh'obair Coimisean Fearainn na h-Alba ann an 2024-25, a' gabhail a-steach anailis den lìbhrigeadh is den choileanadh againn, agus an suidheachadh ionmhasail againn aig deireadh na bliadhna.



Na choilean sinn

Tha am plana gnothaich bliadhnaile againn a' mìneachadh na dòigh a riarraicheas an Coimisean na goireasan aige gus prìomhachasan a choileanadh airson gach bliadhna ionmhais. Chaidh seo a chumail fo sgrùdadh teann fhad 's a chaidh Bile Ath-leasachadh an Fhearainn a thoirt a-steach.

Bha am plana gnothaich airson 2024-23 a' cuimseachadh air a bhith a' lìbhrigeadh a' phlana ro-innleachdail againn airson 2023-26. Tha am plana a' mìneachadh nan sruthan-obrach ris a bheil dùil againn, a' cur an cèill fòcas agus builean na bliadhna.

Choilean sinn an dleastanas reachdail againn gus taic a chumail ri dleastanasan a' Choimiseanair Tuathanachas Màil agus ri geallaidhean Ministreil buntainneach.

Tha lìbhrigeadh a' phlana gnìomha againn air a sgrùdadh, agus thathar ag aithris air, fad na bliadhna anns na h-aithisgean adhartais againn dhan Bhòrd, a' gabhail a-steach coileanadh a rèir nam Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCCan) aontaichte againn. Tha na struthan-obrach a' toirt fiosrachadh air gach raon mu seach, agus tha iad a' sealltainn mar a tha na gnìomhan anns a' phlana gnìomha a' toirt taic do bhuilean fad-ùine a' phlana ro-innleachdail.

Chaidh a' mhòr-chuid de PCCan a choileanadh (faic an clàr air taobh-duilleig 19). Chaidh 94% de na builean a bha air am planadh a lìbhrigeadh, dìreach fon targaid againn de 95%. Tha seo a' nochdadh co-dhùnadh ro-innleachdail a' Choimisein ath-phrìomhachas a thoirt do chuid de dh'obair gus freagairt a thoirt do chomhairle a tha a dhìth air Bile Ath-leasachadh an Fhearainn.

Tha smachdan riaghlaidh ionmhais làidir aig a' Choimisean, a' gabhail a-steach pròifileadh agus sgrùdadh buidseit gus dèanamh cinnteach gu bheil fo- no ro-chaitheamh air a chomharrachadh cho tràth 's a ghabhas gus an tèid dèiligeadh ris. Tha an Coimisean a' leantainn air adhart a' dèanamh adhartas math ann a bhith a' stiùireadh caiteachas gus lìbhrigeadh thairis air na raointean-obrach aige (faic na prìomh chinn air taobh-duilleig 28). Am-bliadhna choilean sinn toradh deireadh na bliadhna le fo-chaitheachas de 1% den bhuidseat iomlan againn, mu choinneamh targaid de 2%. Chaidh beachdachadh air dealbhadh ionmhais meadhan-ùine ann an leasachadh a' phlana gnothaich bhliadhnaile.

Tha grunn chunnartan agus mhì-chinntean mu choinneamh a' Choimisein ann a bhith a' coileanadh nam PCCan aige; tha iad sin air an sgrùdadh agus air an riaghladh gu dlùth tron fhrèam-obrach riaghladh cunnairt, agus air an ath-sgrùdadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Chunnartan agus leis a' Bhòrd (faic Aithris air Riaghlaidh - Frèam-obrach chunnartan agus smachd taobh-duilleig 55).

Prìomh Chomharran Coileanaidh




IONMHAS

Targaid 2024/25

Toradh deireadh na bliadhna gu bhith taobh a-staigh ro-chosg de 2% den bhuidseat iomlan a chaidh a riarachadh

Air a thomhas le

Àireamh sa cheud de chaiteachas deireadh na bliadhna an taca ris a' bhuidseat air a riarachadh




SUNND AN LUCHD-OBACH

Targaid 2024/25

Ìre de luchd-obrach dheth nas lugha na an cuibheas nàiseanta (6.3 latha ron ghalar lèir-sgaoilte)

Air a thomhas le

Àireamh chuibheasach de làithean dheth tinn aig gach neach-obrach




LÌBHRIGEADH

Targaid 2024/25

Chaidh 95% de na toraidhean air an comharrachadh sa phlana gnothaich bhliadhnail a libhrigeadh

Air a thomhas le

Àireamh sa cheud de thoraidhean air an libhrigeadh agus air an crìochnachadh




SUNND AN LUCHD-OBACH

Targaid 2024/25

Àrdachadh ann an luchd-obrach a' moladh a' Choimisein mar àite-obrach

Air a thomhas le

Ìrean riarachaidh ann an suirbhidh luchd-obrach



NOTA: tha clàran a' sealltainn eadar-dhealachadh bliadhna gu bliadhna agus chan urrainnear coimeas a dhèanamh eatorra.



Prìomh Chomharran Coileanaidh

LÌBHRIGEADH

Targaid 2024/25

Bidh luachadh pròiseict a' comharrachadh buaidh agus atharrachadh san dòigh-obrach le luchd-ùidh mar thoradh dìreach air obair a' Choimisein

Air a thomhas le

Tha suirbhidhean luachadh pròiseict air comharrachadh gu bheil còrr is 60% den luchd-fhreagairt air na dh'ionnsaich iad tro thachartas/com-pàirteachadh a chur an gnìomh no gu bheil iad ag aithneachadh deagh bhuidh a dh'èirich mar thoradh air an obair againn.

Coileanadh 2024/25

95% Shaoil 95% de luchd-freagairt na suirbhidh bhon cho-labhairt nàiseanta againn gun do leasaich e an tuigse air na cothroman airson seilbh fearainn in-ghabhaltach.

77% Thuir 77% de luchd-freagairt na suirbhidh bhon cho-labhairt nàiseanta againn gun dèanadh iad atharrachaidhean air an cleachdadh phroifeasanta mar thoradh air a bhith an làthair.

Coileanadh 2023/24

63% Bha 63% de luchd-freagairt nan coinneamhan poblach bhiortual againn den bheachd gun do leasaich iad an tuigse air ath-leasachadh fearainn.

CONALTRADH

Targaid 2024/25

Pròifil nas àirde aig a' Choimisean

Meudaich làthaireachd sna meadhanan 5%

321

+1% bhon bhliadhna roimhe

Meudaich luchd-leantainn sna meadhanan sòisealta 48%

1,775

-26% bhon bhliadhna roimhe

Meudaich fo-sgrìobhadh dhan chuairt-litir 10%

2,244

+11% bhon bhliadhna roimhe

Tron bhliadhna 2024/25, tha sinn air aithisgean agus molaidhean fhoillseachadh air prìomh raointean obrach; comhairle gus fiosrachadh a thoirt do Bhile Ath-leasachadh an Fhearainn san amharc, obair shusbainteach gus taic a thoirt do mhiann Mhinistearan gum biodh tasgadh ann an calpa nàdarra na bhuannachd do choimhearsnachdan ionadail, agus raon farsaing de chomhairle do luchd-seilbh fearainn, manaidsearan agus coimhearsnachdan gus taic a thoirt do chur an gnìomh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba. Seo cuid de na prìomh rudan a thachair am-bliadhna.

A' toirt seachad comhairle air ath-leasachadh lagha, poileasaidh is cleachdaidh

Thug sinn fianais don Phàrlamaid air Bile Ath-leasachadh an Fhearainn aig Riaghaltas na h-Alba agus dh'fhoillsich sinn tuilleadh comhairle air dòighean gus am Bile a neartachadh agus a dhèanamh nas sìmplidhe, gus cuideachadh le bhith a' coileanadh amasan an riaghaltais.

Dh'fhoillsich sinn rannsachadh air eòlas eadar-nàiseanta ann an riaghladh ghoireasan nàdarra, gus fiosrachadh a thoirt do dhòighean air luach poblach is coimhearsnachd a dhèanamh cinnteach ann an riaghladh agus tasgadh ann an calpa nàdarra. Dh'fhoillsich sinn cuideachd fios air an adhartas a thaobh ath-chleachdadh fearann falamh agus trèigte, a' sealltainn adhartas mòr ach prìomh dhùbhlain a thaobh adhartas a chumail suas.

Dh'fhoillsich sinn moladh, le taic bho rannsachadh ùr, airson atharrachadh mòr anns an obair a bhios buidhnean poblach a' dèanamh a dh'ionnsaigh solar de thalamh airson taigheadas a chruthachadh ann an sgìrean dùthchail. A bharrachd air comhairle a thoirt seachad air fearann taigheadais do Riaghaltas na h-Alba, tha sinn a' cleachdadh na h-obrach seo gus conaltradh gu dìreach ri buidhnean poblach agus feadhainn eile mu chothroman airson libhrigeadh.





Stèidhich sinn Buidheann Iomraidh comhairleachaidh gus taic a thoirt do lèirmheas Riaghaltas na h-Alba air Còir-ceannaich Coimhearsnachd agus lean sinn oirnn a' co-obrachadh le Oighreachd a' Chrùin Alba gus dòighean a leasachadh airson seilbh fearann poblach a chleachdadh gus leigeil le coimhearsnachdan a bhith a' faighinn fearann ann am margaidh fearainn a tha a' gluasad gu luath.

Lean sinn oirnn a' foillseachadh aithisgean bliadhnaile air a' mhargaidh fearainn dhùthchail, a' toirt seachad anailis air beachdan air treandan margaidh agus an dàta air malairt fearainn.

Am-bliadhna, thòisich an Coimisean cuideachd ag obair le Riaghaltas na h-Alba gus rannsachadh mar as urrainn do chis taic a thoirt do dh'ath-leasachadh fearainn agus amasan gnàth-thìde, a rèir Ro-innleachd Cìse Riaghaltas na h-Alba. Chuimsich ìre a h-aon den obair seo air tuigse fhaighinn air an àite a dh'fhaodadh a bhith aig cìs, a' gabhail a-steach com-pàirteachadh luchd-ùidh, ath-sgrùdadh air eisimpleirean eadar-nàiseanta, agus beachdachadh mionaideach air cìs fearainn carboin a dh'fhaoidte a chur air fearann mòintich millte. Chomharraich na co-dhùnaidhean feum air poileasaidh co-òrdanaichte, mìneachadh soilleir, agus tuigse nas doimhne air mar a bhios cìs ag eadar-obrachadh le dòighean riaghlaidh is maoinachaidh eile. Ann an 2025/26, bidh an Coimisean a' stiùireadh ìre a dhà den phrògram—a' leasachadh roghainnean ath-leasachaidh practaigeach, a' coimiseanadh rannsachadh ùr, agus a' toirt comhairle ro-innleachdail do Mhinistearan air mapa-slighe airson cìs a chur an sàs gus atharrachadh ann an cleachdadh fearainn a bhrosnachadh.

A' cumail taic ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba

Lean sinn oirnn ag obair le luchd-seilbh fearainn, manaidsearan agus coimhearsnachdan gus taic a chumail ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba, ag obair le còrr is 89 cùisean is ceistean thar na bliadhna.

Tha an obair seo a' toirt taic do bhuilean math ann an com-pàirteachadh coimhearsnachd, follaiseachd agus cothroman airson co-obrachadh, ann an cuid de chùisean a' cuideachadh gus suidheachadh duilich fhuasgladh.

Am-bliadhna tha sinn cuideachd air cuideam sònraichte a chur air taic a thoirt do chomhairlichean proifeasanta, a' toirt seachad comhairle agus trèanadh gu dìreach do chompanaidhean riochdairean fearainn agus a' toirt seachad sreath de cho-labhairtean-lìn agus fiosrachadh.

Tha sinn cuideachd air a bhith ag obair am-bliadhna gus na dùilean a dhainneachadh airson buannachd coimhearsnachd bho atharrachadh cleachdadh fearainn a tha air an cur a-mach san stiùireadh againn a chaidh fhoillseachadh an-uiridh. Chaidh an stiùireadh seo aontachadh am-bliadhna ann am Frèam-obrach Margaidhean Nàdair Riaghaltas na h-Alba agus tha sinn air a chleachdadh gus fiosrachadh a thoirt do dh'obair inbhean BSI na RA air margaidhean calpa nàdarra. Chuidich sinn le bhith a' leasachadh pasgan maoineachaidh gus lìonra de thaic comhairleachaidh a chur an sàs air buannachd coimhearsnachd bho thasgadh calpa nàdarra, leis an lìonra air a chur air bhog tràth sa bhliadhna ionmhais ùr.



Conaltradh

Ann an 2024-25, lean Coimisean Fearainn na h-Alba air adhart a' neartachadh a chonaltraidh, le fòcas air follaiseachd, a' leudachadh tuigse a' phobaill air ath-leasachadh fearainn, agus a' com-pàirteachadh le prìomh luchd-amais air feadh na h-Alba. B' e prìomh thachartas soirbheachadh na co-labhairt nàiseanta againn, a thug còmhla stiùirichean bho air feadh na roinne gus beachdan a cho-roinn agus beachdachadh air na cothroman a thig bho dhòigh-obrach in-ghabhalach a thaobh seilbh fearainn. Bha làthaireachd làidir againn cuideachd aig Taisbeanadh Rìoghail na Gàidhealtachd, a' com-pàirteachadh le Clàran na h-Alba gus stand a chumail còmhla agus cosgaisean a cho-roinn, a' leigeil leinn ruighinn air luchd-amais dùthchail farsaing.

Tron bhliadhna, thug sinn taic do dh'adhartas Bile Ath-leasachadh an Fhearainn nar conaltradh a' toirt seachad comhairle shoilleir, chuideachail air mar a ghabhadh na molaidhean a shìmpleachadh agus a neartachadh gus buileachadh soirbheachail na bile a dhèanamh comasach. Leudaich sinn cuideachd ar conaltradh poblach tron t-sreath webinar Land Links, a' fosgladh ruigsinneachd do luchd-amais nas fharsainge agus a' cuideachadh le bhith ag àrdachadh tuigse a' phobaill air cùisean co-cheangailte ri fearann.

Mar phàirt den oidhirp nas fharsainge againn gus luchd-amais a thàladh nach eil fhathast an sàs gu gnìomhach ann an ath-leasachadh fearainn, chuir an sgioba againn ri grunn phodcastan, a' beachdachadh air prìomh chuspairean a' gabhail a-steach gainnead thaighean dùthchail, Frèam-obrach Margaidh Calpa Nàdarra, agus tasgadh cunntachail ann an ath-nuadhachadh nàdair. A bharrachd air sin, dh'fhoillsich sinn sreath bheachdan a' còmhach chuspairean leithid cìs fearainn, taigheadas, agus beatha ann am meadhan a' bhaile, a' cuideachadh le bhith a' fiosrachadh deasbad poblach agus a' roinn sheallaidhean stèidhichte air fianais air na cothroman agus na dùbhlain a tha mu choinneamh fearann na h-Alba. Rinn sinn cuideachd lìomhadh air na prìomh chomharran coileanaidh againn gus com-pàirteachadh a leantainn ann an dòigh nas mionaidiche thar ar sianalan mheadhanan sòisealta. Tha na Prìomh Chomharran Coileanaidh ùra seo air an dèanamh freagarrach do gach àrd-ùrlar, a' beachdachadh air treandan eachdraidheil agus inbhean gnìomhachais làithreach, a' leigeil leinn ruigsinneachd, buntainneachd agus eadar-obrachadh luchd-èisteachd a mheasadh nas fheàrr.



51

Bhruidhinn sinn aig, agus ghabh sinn pàirt ann an 51 tachartas a chaidh a chumail le com-pàirtichean agus luchd-ùidh.



2715

Bha còrr is 2715 neach bho air feadh na RA an làthair aig na tachartasan seo.



12

Chùm sinn 12 coinneamhan poblach bhiortual air-loidhne agus co-labhairtean lìn.



531

Bha 531 daoine an làthair aig coinneamhan bhiortual bho air feadh na h-Alba.

Chaidh cuid de na Prìomh Chomharran Coileanaidh againn ùrachadh gus tomhas nas brìghmhoire fhaighinn de ghnìomhachd conaltraidh, agus mar sin chan urrainnear coimeas dìreach a dhèanamh ri bliadhnaichean roimhe.

Coimiseanair Tuathanachas Màil

Tha roinn tuathanachas màil soirbheachail agus seasmhach an urra ri deagh dhàimhean eadar luchd-gabhail agus uachdarain, le taic bho ghiùlan proifeasanta, cothromach bho luchd-eadraiginn ag obair airson an dà phàrtaidh. Feumaidh an leithid de dhàimhean a bhith bonntaichte ann am meas co-ionann, luachan co-roinnte agus dealas airson cothromachd agus reusantachd.

Rè na bliadhna a dh'fhalbh, tha an Coimiseanair Tuathanachas Màil (TFC) air leantainn air adhart a' brosnachadh agus a' toirt taic do na prionnsapalan seo, ag obair air feadh na roinne gus deagh chleachdadh a bhrosnachadh, stiùireadh soilleir a thoirt seachad, agus cuideachadh le bhith a' fuasgladh chùisean far a bheil iad ag èirigh. Gu ruige seo, chaidh seachd còdan cleachdaidh fhoillseachadh gus taic a thoirt do dheagh dhàimhean san roinn tuathanachas màil. Tha na còdan seo air an dealbhadh gus stiùireadh a thoirt don ghiùlan agus na pròiseasan a tha an sàs ann an eadar-obrachadh agus còmhraidhean eadar luchd-gabhail agus uachdarain, a' gabhail a-steach dreuchd riochdairean agus luchd-eadraiginn a tha ag obair às an leth.

Rè na bliadhna a dh'fhalbh, tha an Coimiseanair Tuathanachas Màil (TFC) air leantainn air adhart a' toirt seachad comhairle agus taic do dh'uachdarain agus luchd-gabhail air mar a chuireas iad na còdan an gnìomh gu h-èifeachdach ann an cleachdadh.

Am-bliadhna chunnacas gluasad ann an ceannardas nuair a chuir Bob Mac an Tòisich crìoch air àm mar Choimiseanair Tuathanachas Màil, às dèidh



dha buaidh mhaireannach a thoirt air neartachadh dhàimhean san roinn agus deagh chleachdadh a bhrosnachadh. Chaidh Rob MacGilleDhuibh a chur an dreuchd san Dùbhlachd 2024 agus tha e air togail gu sgiobalta air a' bhunait seo, a' lìbhrigeadh dòigh-obrach cho-obrachail, phractaigeach a thaobh taic a thoirt do luchd-gabhail, uachdarain agus riochdairean.

Am measg nam prìomh ghnìomhachdan a chaidh a lìbhrigeadh tron bhliadhna tha:


- **Sgeama Eadraiginn Tuathanachas Luchd-gabhail:** Dh'ùraich agus dh'adhartaich an Coimisean an Sgeama Eadraiginn, a' tabhann suas ri £1,000 a dh'ionnsaigh cosgaisean eadraiginn do luchd-gabhail agus uachdarain fearainn. Tha seo air slighe phractaigeach agus ruigsinneach a thoirt seachad airson fuasgladh fhaighinn air eas-aonta gun feum a dhol gu lagh.
- **Lèirmheas air Aithisg Luchd-riochdachaidh:** Dh'fhoillsich an Coimisean air Tuathanachas Màil (TFC) aithisg rannsachaidh air giùlan riochdairean agus luchd-eadraiginn, a' soilleireachadh deagh adhartas air feadh na roinne. Tha na co-dhùnidhean a' sealltainn mothachadh agus gabhail ri stiùireadh an TFC a tha a' sìor fhàs, le riochdairean a' cluich pàirt adhartach ann a bhith a' brosnachadh deagh dhàimhean eadar uachdaran-fearainn agus luchd-gabhail.
- **Com-pàirteachadh poileasaidh:** Dh'obraich an TFC gu dlùth leis an Fhòram Comhairleachaidh Tuathanachas Luchd-gabhail (TFAF) gus fios-air-ais na roinne a thoirt do leasachadh Riaghaltas na h-Alba air Bile Ath-leasachadh an Fhearainn.
- **Conaltradh le luchd-ùidh:** Tro chuairt-litrichean agus blogaichean, cho-roinn an TFC fios as ùire agus beachdan air cùisean ùra – a' gabhail a-steach cho cudromach 's a tha dàta roinne nas fheàrr agus na draghan as cumanta a thog luchd-ùidh – a' cuideachadh le bhith a' togail aire agus comas air feadh na roinne.

Obair-cùise


Bidh an Coimiseanair Tuathanachas Màil a' toirt fiosrachadh do luchd-gabhail agus uachdarain fearainn air còdan cleachdaidh. Rè 2024/25 fhuair an TFC 97 cùis, agus is e sin àrdachadh de 47% air a' bhliadhna roimhe. Sa mhòr-chuid, stiùireadh seo le barrachd adhartachaidh air an loidhne-cuideachaidh agus na seirbheisean againn agus com-pàirteachadh ann an grunn seiseanan CPD le riochdairean fearainn.



2022/23



2023/24




2024/25

A thaobh fios thugainn, fhuair a' chuid bu motha de chonaltradh bho thuathanaich màil agus an riochdairean (60%), le ceistean bho uachdarain agus an riochdairean a' dèanamh mu chairteal den iomlan (25%) agus 15% bho phroifeiseantaich eile.

- Luchd-gabhail agus an riochdairean
- Uachdaran-fearainn agus an riochdairean
- Eile

Seòrsa ceist 2024/25

Fhuair an Coimiseanair Tuathanachas Màil raon farsaing de cheistean thairis air a' bhliadhna, leis a' mhòr-chuid a' sireadh comhairle mu ath-bhreithneachadh màil, leigeil seachad agus teirmichean gabhaltais no lìosa. Mar a thachair ann am bliadhnaichean roimhe seo, fhuaradh ceistean bho air feadh na h-Alba, leis an àireamh as motha de luchd-conaltraidh ùra a' tighinn bho Pheairt is Ceann Rois.




■ Glusad còir fearainn/Còir sheilbh	7	■ Obraichean-càraidh	6
■ Briseadh a' Chòd	1	■ Toirt-air-ais	2
■ Deireadh gabhaltais	6	■ Spòrs	6
■ Reachdas coitcheann	8	■ Teirmichean Gabhaltais/Lìosa	12
■ Poileasaidh fearainn	1	■ Leasachaidhean luchd-gabhaltais	2
■ Pàigheadh màil fadalach	1	■ Coilltearachd	2
■ Com-pàirteachas Earranta	1	■ Taigheadas	1
■ Gabhaltas ùr/ùraichte	4	■ Eile	6
■ Leigeil seachadan	11	■ Waygo	2
■ Lèirmheas màil	1		

Suidheachadh Ionmhasail

Ann an 2024/25, thug Riaghaltas na h-Alba buidseat de £1.615 millean do Choimisean Fearainn na h-Alba. Tharraing an Coimisean a-nuas làn riarachadh an Tabhartais gus Cuideachadh agus chruinnich iad £51,000 a bharrachd ann an teachd-a-steach tro obair dhealbhaichte, mhaoinichte bhon taobh a-muigh.

Tha an toradh deireannach againn a’ sealltainn còrr deireadh-bliadhna de £21,000 an aghaidh Tabhartas gus Cuideachadh agus Teachd-a-steach Eile. Tha seo a’ nochdadh riaghladh ionmhais làidir agus cleachdadh èifeachdach a’ Choimisein de mhaoinachadh bhon taobh a-muigh gus taic a thoirt do lìbhrigeadh a phrìomhachasan ro-innleachdail.



2024/25	Riarachadh Buidseit	Riarachadh Fìor
Cosgaisean nan Coimiseanairean	78,500	76,645
Cosgaisean Luchd-obrach	1,173,105	1,177,530
Conaltradh is tachartasan	62,362	67,078
Seirbheisean Corporra	225,400	212,455
Ath-leasachadh còraichean fearainn	35,000	41,980
A' daingneachadh sealbh agus cleachdadh fearainn ciallach	5,000	42,720
Ag ath-leasachadh margaidhean fearainn	31,963	25,421
Coimiseanair Tuathanachas Màil	3,000	1,200
	1,614,330	1,645,029

Ann a bhith a’ prògramadh a’ bhuidseit, rinn sinn cinnteach gun robh sùbailteachd ann gus an urrainn dhuinn freagradh ri prìomhachasan caochlaideach agus atharrachaidhean ann an goireasan. Ro sgrùdadh meadhan na bliadhna, bha ar caiteachas dealbhaichte air an t-slighe cheart agus chaidh caiteachas a bharrachd a lìbhrigeadh air sgàth èifeachdais ann an conaltradh agus seirbheisean corporra. Dh’fhuirich cosgaisean luchd-obrach dealbhaichte taobh a-staigh nan crìochan ris an robh dùil a dh’aindeoin atharrachadh luchd-obrach, gu ìre air sgàth na seasmhachd a thàinig bho dhuais pàighidh dà-bhliadhna a chaidh aontachadh.

Tar-shealladh Ionmhasail

Ann an 2024/25, fhuair Coimisean Fearainn na h-Alba riarachadh buidseit iomlan de £1.615 millean, còmhla ri £51,000 a bharrachd gus taic a thoirt do dh’obair com-pàirteachais a rèir ar n-amasan ro-innleachdail. Bha seo a’ toirt a-steach dà phròiseact: aon mar phàirt de cho-obrachadh fad-ùine le Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a’ Mhonaidh Ruaidh, agus fear eile ag amas air buannachdan coimhearsnachd a lìbhrigeadh.


Tha an toradh deireannach againn a’ sealltainn còrr deireadh-bliadhna de £21,000 an aghaidh Tabhartas gus Cuideachadh agus Teachd-a-steach Eile.

Tha an suidheachadh seo a’ nochdadh dealbhadh ionmhais èifeachdach agus dealas leantainneach a’ Choimisein a thaobh an luach as fheàrr a lìbhrigeadh tro cho-obrachadh agus cleachdadh cunntachail de mhaoin phoblach.

Geàrr-chunntas air caiteachas an da-rìribh	2024/25 £000	2023/24 £000	2022/23 £000
Buidseat DEL	1,615	1,559	1,550
Caiteachas Obrachaidh Iomlan	(1,645)	(1,475)	(1,508)
Còrr/(easbhaidh) mu choinneimh buidseat	(30)	84	42
Tabhartas gus Cuideachadh (GIA) air a tharraing sìos	1,615	1,535	1,550
Teachd a-steach eile	51	-	-
Còrr/(easbhaidh) mu choinneimh GIA air a tharraing sìos	21	60	(42)

Tha Teachd-a-steach Eile air a riochdachadh leis na leanas gu h-ìosal.

- Com-pàirteachas FIRNS - £32,220
- Com-pàirteachas CNPA - £9,236
- Fo-fhastadh Riaghaltas na h-Alba - £6,134
- Tilleadh airgid Riaghaltas na h-Alba - £3,000



Lìbhrig sinn còrr
deireadh-bliadhna
de £21k an aghaidh
ar Tabhartais gus
Cuideachadh a
chaidh a tharraing
a-nuas agus teachd-
a-steach eile.

A' bhuidheann againn

A-nis nar n-ochdamh bliadhna, tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' leantainn air adhart a' fàs agus ag atharrachadh fhad 's a tha sinn a' libhrigeadh an treas Plana Ro-innleachdail againn. Ann an àrainneachd poileasaidh is ionmhais caochlaideach, tha sinn fhathast ag amas air a bhith nar buidheann fhreagairteach, adhartach.

Leasachadh na buidhne



A' tasgadh ann an riaghladh agus ceannardas

Am-bliadhna, bha sinn soirbheachail a' dèanamh atharrachadh dealbhaichte air ballrachd a' Bhùird, le bhith a' cur an dreuchd dithis Choimiseanair Fearainn ùr agus Coimiseanair Tuathanachas Màil ùr. Tha seiseanan inntrigidh is leasachaidh leantainneach air taic a thoirt do bhuill ùra gus obair gu h-èifeachdach, leis a' Bhòrd shlàn a' gabhail pàirt ann an trèanadh cunbhalach gus riaghladh agus ceannardas a neartachadh.



A' togail sgilean agus a' neartachadh cultar na sgioba

Bha leasachadh luchd-obrach fhathast na phrìomhachas, le prògram trèanaidh sònraichte air a libhrigeadh tron bhliadhna. Am measg nan cuspairean bha tèarainteachd saidhbeir, riaghladh chùmhnnantan is phròiseactan, riaghladh loidhne, agus cùrsaichean sònraichte do dhreuchdan – uile air an cumadh le feumalachdan fa leth agus buidhne.

Neartaich sinn cuideachd conaltradh a-staigh agus cultar sgioba. Lìbhrig an t-suirbhidh luchd-obrach leth-bhliadhnail againn, a tha a-nis air a leasachadh tro bheachdan luchd-obrach, meadhan làidir airson fios-air-ais agus gnìomh. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air builean tron fhòram conaltradh luchd-obrach againn, a' dèanamh cinnteach à follaiseachd agus seilbh cho-roinnte air leasachaidhean.



A' toirt sgiobaidhean còmhla

A' tuigsinn cho cudromach 's a tha co-obrachadh, chuir sinn cuideam nas làidire air eadar-obrachadh a' bhùird agus an luchd-obrach. Chaidh bùthan-obrach a chumail leis a h-uile neach-obrach agus am bòrd dà uair tron bhliadhna, còmhla ri cothroman nas neo-fhoirmeil airson conaltradh. Rinneadh ùrachadh air na coinneamhan sgioba mìosail againn ann an Inbhir Nis le cathraiche cuairteachaidh agus cumadh chlàran-gnothaich air a stiùireadh leis an luchd-obrach – a' cuideachadh le bhith a' sgaoileadh seilbh agus in-ghabhail air feadh na sgioba.

A' leasachadh libhrigeadh phròiseactan



Gus taic a thoirt do libhrigeadh, thug sinn a-steach pròiseas ùr 'sgrìobhainn tòiseachaidh pròiseict'. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' measadh gach pròiseact ùr airson amasan, goireasan, cunnartan, agus plana libhrigidh mus tèid aontachadh, a' neartachadh ar dòigh-obrach a thaobh riaghladh phrògraman agus chunnartan.



A' riaghladh atharrachadh le smachd

A rèir riatanasan Riaghaltas na h-Alba, chuir sinn smachdan cosgais a bharrachd an gnìomh tron bhliadhna mar phàirt de riaghladh buidseit nas fharsainghe san roinn phoblaich. Bha feum air dealbhadh agus freagairteachd faiceallach gus dèanamh cinnteach à libhrigeadh leantainneach taobh a-staigh crìochan ionmhais ath-sgrùdaichte.

Pròifil Chunnartan: Geàrr-chunntas 2024/25

Tha pròifil cunnairt a' Choimisein air atharrachadh tron bhliadhna mar fhreagairt do atharrachaidhean san àrainneachd a-muigh agus taobh a-staigh na buidhne. Bha atharrachadh sa mhòr-chuid a' nochdadh atharrachadh poileasaidh agus co-theacsa luchd-ùidh Bile Ath-leasachadh an Fhearainn aig Riaghaltas na h-Alba, atharrachadh ann am ballrachd a' bhùird agus co-theacsa ionmhais is goireasan.

Tha cunnartan gan comharrachadh, sgrùdadh agus stiùireadh tron fhrèam-obrach riaghladh chunnartan. Tha cunnartan ro-innleachdail air an sgrùdadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Chunnartan, a bhios ag ath-sgrùdadh clàr nan cunnartan ro-innleachdail aig gach coinneamh agus a' dèanamh 'ceasnachadh cunnairt' air cunnart sònraichte aig gach coinneamh. Bidh am bòrd a' dèanamh ath-sgrùdadh bliadhnail air cunnartan ro-innleachdail agus a' cumail sùil air clàr nan cunnartan ro-innleachdail tro aithisgean ràitheil.

Am-bliadhna lean clàr nan cunnartan ro-innleachdail air adhart a' comharrachadh prìomh chunnartan a' gabhail a-steach libhrigeadh, cliù, gèilleadh agus cunnartan luchd-obrach.

- Dh'fhaodadh atharrachadh ann am ballrachd a' bhùird a bhith fadalach agus/no cron a dhèanamh air riaghladh, libhrigeadh no dàimhean le luchd-ùidh, agus chaidh sùil gheur agus smachd teann a chumail air a' chùis seo. Am measg gnìomhan lasachaidh bha conaltradh dlùth leis an sgioba sponsaireachd, agus rèiteachaidhean inntrigidh is gluasaid airson a' Choimiseanair Tuathanachas Màil.

- Chaidh buaidh Bile Ath-leasachadh an Fhearainn air dàimhean agus conaltradh le luchd-ùidh a chomharrachadh mar chunnart mòr tron bhliadhna agus chaidh a riaghladh gu dlùth. Am measg gnìomhan lasachaidh bha conaltradh soilleir agus cunbhalach agus com-pàirteachadh dìreach le luchd-ùidh.
- Chaidh cunnart ùr a chomharrachadh gus aithneachadh gum faodadh Bile Ath-leasachadh an Fhearainn barrachd dhleastanasan a chruthachadh airson a' Choimisein às aonais ghoireasan gu leòr, a' toirt buaidh air lìbhrigeadh.

Chùm an Coimisean fòcas air cunnartan tèarainteachd saidhbeir, ag aithris gu cunbhalach don bhòrd agus a' faighinn sìneadh air an teisteanas Cyber Essentials Plus.

Planadh air adhart

Ann a bhith a' dealbhadh airson na bliadhna ionmhais a tha romhainn, tha sinn air fòcas libhrigidh ùraichte a shuidheachadh ann am Prògram na h-Obrach againn, a chaidh fhoillseachadh air 1 Giblean 2025. Còmhla ri seo, tha sinn a' toirt barrachd beachdachaidh air ar suidheachadh ionmhais meadhan-ùine. Tha cosgaisean ag èirigh agus ionmhas poblach cuibhrichte a' ciallachadh gu bheil dòigh-obrach nas ro-innleachdail againn a thaobh dealbhadh ionmhais, a' gabhail a-steach deuchainn suidheachaidh, prìomhachasan a mheasadh an aghaidh ghoireasan a tha rim faighinn, agus cothroman a rannsachadh airson èifeachdas agus co-obrachadh. Cuidichidh seo le bhith a' dèanamh cinnteach gum fuirich prògram na h-obrach againn so-dhèanta agus seasmach thar nam bliadhnaichean ri teachd. Tha sinn air sàbhaladh agus atharrachadh a dhèanamh mar a tha dreuchdan bàna air èirigh, le aon dreuchd teirm-stèidhichte a' tighinn gu crìch rè na bliadhna gun a lìonadh a-rithist. Lean sinn oirnn cuideachd a' gabhail cothroman gus co-obrachadh le feadhainn eile gus an luach as fheàrr fhaighinn à cosgais agus goireasan.

Rè 2025/26 cumaidh sinn sùil gheur air a' bhuidheann air goireasan aig Bile Ath-leasachadh an Fhearainn. Mar a bhios am bile a' crìochnachadh a' phròiseis phàrlamaidich bidh barrachd cinnt ann mu na gnìomhan a bharrachd a dh'fheumas an Coimisean a dhèanamh agus bidh sinn ag obair gu dlùth leis an sgioba sponsaireachd againn air na buaidhean a bharrachd air goireasan. Tha sinn cuideachd an dùil gum bi ìrean adhartach a' bhile agus ullachadh airson a chur an gnìomh ag iarraidh obair mhòr bhon Choimisean. Tha ar dealbhadh gnothaich airson 2025/26 an dùil gum bi beagan sùbailteachd a dhìth gus freagairt a thoirt do seo agus bidh sinn ag obair le Riaghaltas na h-Alba air na buaidhean buidseit airson bhliadhnaichean ri teachd.

Ann an 2025-26 libhrigidh sinn Prògram na h-Obrach againn le bhith a' cuimseachadh air na prìomhachasan a leanas:

Daoine	Cumhachd	Soirbheachas
A' toirt seachad comhairle agus fianais gus taic a thoirt do leasachadh agus cur an gnìomh Bile Ath-leasachadh an Fhearainn		
A' dol an sàs ann am beachdachadh cò ris a bhiodh 'Alba de dh'fhearann ath-leasaichte' coltach agus na h-ath-leasachaidhean a bheireadh gu buil e		
Seilbh agus riaghladh fearainn nas eadar-mheasgte a' gabhail a-steach fearann agus seilbh coimhearsnachd	Ceannardas fearann poblach: a' neartachadh àite seilbh fearann poblach ann an ath-leasachaidhean	Mapa-slighe airson ath-leasachaidhean cìse a tha a' toirt taic do dh'ath-leasachadh fearainn agus toraidhean neoni lom
A' cumail taic ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba		
A' cumail taic ri deagh dhàimhean eadar uachdarain agus luchd-gabhail àiteachais		
Deagh riaghladh corporra agus leasachadh buidhne		

Lèirmheas so-sheasmhach, sòisealta agus àrainneachdail

Mar fhreagairt do ghairm èiginn gnàth-thìde Riaghaltas na h-Alba agus targaidean carboin àrd-amasach na roinne poblaich, tha sinn fhathast a' cuimseachadh air ar buaidh àrainneachdail a lughdachadh. Tha am Plana Gnìomha Gnàth-thìde againn a' mìneachadh ar slighe gu sgaoilidhean neoni lom ro 2025 agus sgaoilidhean neoni dìreach ro 2030.

Ann an 2024, b' e 34 tunna sgaoilidhean iomlan a' Choimisein. Tha seo an coimeas ri 30 tunna ann an 2023 agus 20 tunna ann an 2022. Ged a tha an t-atharrachadh bliadhna an dèidh bliadhna a' nochdadh àrdachadh iomlan ann an gnìomhachd phearsanta, tha sinn a' leantainn air adhart a' toirt prìomhachas do lùghdachadh sgaoilidhean tro obair haidhbrid, coinneamhan didseatach, agus poileasaidhean siubhail seasmhach.

Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air na poileasaidhean a-staigh againn air obair bhon taigh agus siubhal a-rithist am-bliadhna gus dèanamh cinnteach à atharrachadh giùlain maireannach agus sàbhalaidhean carboin san fhad-ùine. Tha sinn cuideachd ri ath-sgrùdadh gnìomhach ar lìbhrigeadh an aghaidh ar mapa-slighe gu neoni lom.



Adhartas air gnìomh gnàth-thìde

Mar fhreagairt do ghairm èiginn gnàth-thìde Riaghaltas na h-Alba agus targaidean carboin àrd-amasach na roinne poblaich, tha sinn fhathast a' cuimseachadh air ar buaidh àrainneachdail a lughdachadh. Tha am Plana Gnìomha Gnàth-thìde againn a' mìneachadh ar slighe gu sgaoilidhean neoni lom ro 2025 agus sgaoilidhean neoni ro 2030.

Ann an 2024, b' e 34 tunna sgaoilidhean iomlan a' Choimisein. Tha seo an coimeas ri 30 tunna ann an 2023 agus 20 tunna ann an 2022. Ged a tha an t-atharrachadh bliadhna an dèidh bliadhna a' nochdadh àrdachadh iomlan ann an gnìomhachd phearsanta, tha sinn a' leantainn air adhart

a' toirt prìomhachas do lùghdachadh sgaoilidhean tro obair haidhbrid, coinneamhan didseatach, agus poileasaidhean siubhail seasmhach. Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air na poileasaidhean againn air obair bhon taigh agus siubhal a-rithist am-bliadhna gus dèanamh cinnteach à atharrachadh giùlain maireannach agus sàbhalaidhean carboin san fhad-ùine. Tha sinn cuideachd ri ath-sgrùdadh gnìomhach ar lìbhrigeadh an aghaidh ar mapa-slighe gu neoni lom.

A' toirt taic do choimhearsnachdan agus do charthannasan

Tha sinn a' tuigsinn cho luachmhor 's a tha e do luchd-obrach cur ris a' choimhearsnachd san fharsaingeachd. Tha sinn a' leantainn air adhart a' toirt taic do cho-obrachichean a bhios a' gabhail pàirt ann an gnìomhachdan coimhearsnachd no carthannais. Faodaidh luchd-obrach pàirt a ghabhail ann an sgeama 'thoir seachad mar a choisneas tu', far am faod iad cuid den tuarastal aca a thoirt gu buidhnean carthannais a roghnaicheas iad.

Feabhas luach

Bidh Bòrd a' Choimisein a' toirt seachad na lèirsinn agus a' cheannais a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil e riaraichte gu bheil a' bhuidheann a' dèanamh an fheum as fheàrr de dh'airgead poblach. Tha sinn an geall air feabhas luach a lìbhrigeadh tro riaghladh agus cunntachalachd a tha soilleir, tro rianachd coileanaidh a tha èifeachdach, tro cho-obrachadh agus obair le com-pàirteachasan, tro èifeachdas a làn-mheudachadh agus seasmhachd fhlìge a-steach san dòigh a dh'obraicheas sinn.

Tha an Coimisean dealasach a thaobh sàbhaladh tro èifeachdas agus air leantainn air adhart a' coileanadh sàbhalaidhean cosgais tro ath-sgrùdadh air an t-solar seirbheis IT a th' againn an-dràsta, solaraichean HR agus am bathar-bog cunntasachd againn, a' toirt cothrom dhuinn dealbhadh gnothaich nas èifeachdaiche agus nas ruigsinniche a lìbhrigeadh. Tha làn ath-sgrùdadh air an taic cunntasachd againn air dèanamh cinnteach gu bheil an Coimisean a' faighinn an luach as fheàrr bho na solaraichean againn.

Tha sinn air cur romhainn co-ionannachd chothroman a chur air adhart agus tha poileasaidhean is modhan-obrach an sàs airson dèanamh cinnteach gun tachair sin. Tha sinn cuideachd a' gabhail làn-ealla ri ar dleastanasan laghail, gu sònraichte a thaobh dàimhean cinnidh, agus leth-breith aois, gnè agus ciorraim.

Tha an Coimisean gu mòr airson gum bi na h-ìrean as àirde de ghiùlan beusach agus de dh'ionracas ann agus airson casg a chur air brìbearachd agus coirbeachd. Tha poileasaidh againn an aghaidh foill agus cha d' fhuaireadh aithris sam bith de dh'fhoill no de choirbteachd.

So-ruigsinneachd

Tha ruigsinneachd fhathast na phrìomhachas do Choimisean Fearainn na h-Alba agus sinn a' leantainn air adhart a' leasachadh mar a tha am poball a' faighinn cothrom air, a' tuigsinn agus a' cleachdadh na h-obrach againn. Ann an 2024/25, tha sinn air barrachd a dhèanamh gus ar conaltradh a dhèanamh nas in-ghabhalaiche agus nas ruigsinniche. Tha sinn air:

- An cànan a chleachdas sinn thar ar conaltraidh a dhèanamh nas sìmplidhe, a' gabhail ri mìneachaidhean Beurla shìmplidh gus soilleireachd a leasachadh;
- Geàrr-chunntasan aon-dhuilleig a thoirt a-steach airson aithisgean nas fhaide no nas teicnigich, a' dèanamh prìomh theachdaireachdan nas ruigsinniche do luchd-amais nas fharsainghe;
- Stoidhle sgrìobhainnean a dhèanamh cunbhalach le bhith a' sgrìobhadh cinn-naidheachd ann an seantansan agus gach teacsa fhoillseachadh aig meud co-dhiù 12 puing airson a bhith nas fhasa a leughadh.

Gus taic a thoirt do chunbhalachd nar conaltradh a-staigh, tha sinn air sreath de theamplaidean sgrìobhainnean a leasachadh a choinnicheas ri inbhean ruigsinneachd, a' ciallachadh gum bi luchd-obrach a' cruthachadh susbaint ruigsinneach an-còmhnaidh.

Tha sinn a' leantainn air adhart a' cumail ris an Stiùireadh Ruigsinneachd Susbaint Lìn (WCAG) airson stuth foillsichte uile, agus tha na sgrìobhainnean PDF againn air an cruthachadh a rèir nan inbhean sin. Tha obair a' dol air adhart an-dràsta gus dèiligeadh ri cùisean ruigsinneachd a tha fhathast air an làrach-lìn againn, le leasachaidhean air am fiosrachadh le lèirsinn bho Accessibility Cloud agus taic bho Sheirbheis Dhidseatach an Riaghaltais.


Ghabh sinn pàirt cuideachd ann an grunn co-labhairtean-lìn air trèanadh ruigsinneachd air an cumail le Riaghaltas na h-Alba am-bliadhna, a' neartachadh tuigse na buidhne air dealbhadh in-ghabhalach agus ruigsinneachd dhidseatach.



Hamish Trench

Ceannard agus Oifigear Cunntachail

27 Dàmhair 2025

An aerial photograph of a forest landscape. The foreground and middle ground are filled with a dense canopy of trees. Many of the trees are green, likely conifers, while others have turned brown or orange, suggesting autumn. The background shows a more uniform green forest. The text 'Aithisg Cunntachalachd' is overlaid in white on the upper left portion of the image.

Aithisg Cunntachalachd

Aithisg Cunntachalachd

Anns an aithisg seo, tha na prìomh aithrisean agus aithisgean a tha ga dhèanamh comasach gum faod Coimisean Fearainn na h-Alba riathanasan cunntachalachd a choileanadh agus gèilleadh ri deagh riaghladh corporra a dhearbhadh.

Aithisg air Riaghladh Corporra

Aithisg nan Stiùirichean

Bòrd nan Coimiseanairean

Gheibhear làn fhiosrachaidh air Clàr Com-pàirtean nan Coimiseanairean air an làraich-lìn againn: www.landcommission.gov.scot



Micheal Ruiseal (Cathraiche)

Bha Micheal Ruiseal na Mhinistear ann an Riaghaltas na h-Alba agus na Bhall Pàrlamaid na h-Alba aig diofar amannan eadar 1999 agus 2021. Tha e air a bhith an sàs ann an ath-leasachadh fearainn bho chionn fhada agus na Mhinistear airson na h-Àrainneachd bho 2007-2009, na bhall den Chomataidh ann am Pàrlamaid na h-Alba a rinn sgrùdadh air Bile Ath-leasachadh an Fhearainn ann an 2015 agus na BhPA airson Roinn Alba a Deas airson dà theirm mus

deach a thaghadh ann an 2011 mar bhall pàrlamaid sgìreil airson Earra-Ghàidheal is Bòid far a bheil e air a bhith a' fuireach bho 1992.

Leig e dheth a dhreuchd bho phoilitigs riochdachail ann an 2021, ach bha e na cheann suidhe air an SNP gu 2023. Tha e air seachd leabhraichean a sgrìobhadh agus tha e air a bhith ag obair mar sgrìobhadair chòlbhan agus neach-aithris a bharrachd air riochdaire agus stiùiriche telebhisein.

Stèidhich e Fèis nam Meadhanan Ceilteach, a tha a-nis air a bhith a' ruith fad 45 bliadhna, bha e na Àrd-ollamh pàirt-ùine ann an Cultar agus Riaghladh na h-Alba ann an Oilthigh Ghlaschu (far a bheil e a-nis na Àrd-ollamh Urramach ann an Colaiste nan Ealan is nan Daonnachdan) agus tha e na urrasair aig grunn bhuidhnean carthannais.



Rob MacGilleDhuibh
(Coimiseanair Tuathanachas Màil) bho 19 Dùbhlachd 2024

Bidh Rob MacGilleDhuibh a' ruith North West Rural Consulting, a' tabhann taic speisealta pearsanaichte do ghnìomhachasan dùthchail.

Roimhe seo, bha Rob na Mhanaidsear Leasachaidh airson Urras Coimhearsnachd Eilean Luing, far an robh e os cionn phròiseactan a' gabhail a-steach ath-ghnìomhachadh Cuaraidh Sglèat Choilleapoil, taigheadas coimhearsnachd, agus amasan carbon neoni lom gus taic a thoirt do dh'fhàs eaconamach agus dèiligeadh ri crìonadh sluaigh dùthchail.

Bha Rob cuideachd ag obair mar Chomhairliche Àiteachais le SAC Consulting, a' toirt seachad comhairle theicnigeach air àiteachas croitearachd, gèilleadh ri riaghailtean, agus tagraidhean maoinachaidh.



An t-Oll. Bob Mac an Tòisich CBE
(Coimiseanair Tuathanachas Màil) gu 18 Dùbhlachd 2024

Tha Bob na sheirbheiseach poblach le eòlas mòr air

poileasaidh poblach, gu sònraichte stiùireadh fearainn is coilltearachd. Bha e na Stiùiriche airson na h-Àrainneachd agus Coilltearachd aig Riaghaltas na h-Alba eadar 2012 agus 2015, roimhe sin na Stiùiriche air Coimisean na Coilltearachd Alba agus ann an iomadh dreuchd eile ann an Coimisean na Coilltearachd.

Bha e na chom-pàirtiche air tuathanas bràghad de 650 acairean fad 15 bliadhna.

An t-Àrd-ollamh Deb Roberts

Tha an t-Àrd-ollamh Deb Roberts na h-lar-Cheannard agus na Stiùiriche air Saidheans aig Institiud Sheumais Hutton. Rinn Deb trèanadh mar eaconamaiche àiteachais agus, mus do ghluais i dhan dreuchd làithreach aice, bha an rannsachadh aice a' coimhead gu sònraichte air tuigse fhaighinn air mar a tha poileasaidhean àiteachais is àrainneachd a' toirt buaidh air leasachadh eaconamach agus



sunnd sòisealta ann an sgìrean dùthchail.

Tha Cathair Urramach aice ann an Togalaichean is Talamh ann an Oilthigh Obar Dheathain.

An t-Oll. Lucy Beattie (bho 19 Dùbhlachd 2024)

Thòisich an t-Oll. Lucy Beattie ag obair ann an àiteachas agus an uair sin chaidh i a theagasg agus a rannsachadh ann am foghlam àiteachais, às dèidh dhi PhD fhaighinn aig Oilthigh Taobh Siar na h-Alba. Bha i na Neach-teagaisg ann an Conaltradh Saidheans aig Oilthigh Dhùn Èideann agus tha i dealasach a thaobh tuigse fhaighinn air beachdan a tha ag amalachadh rannsachadh le conaltradh poblach mu shaidheans. Tha Lucy an-dràsta ag obair mar neach-rannsachaidh aig Institiud Sheumais Hutton agus a' ruith tuathanas teaghaich ann an iar-



thuath na Gàidhealtachd. Tha Lucy air prògraman trèanaidh a ruith airson Caidreachas Croitearachd na h-Alba agus air obair mar chomhairliche agus neach-obrach leasachadh coimhearsnachd le raon de bhuidhnean air foghlam agus leasachadh dùthchail.

An t-Oll. Calum MacLeòid

(bho 19 Dùbhlachd 2024)

'S e an t-Oll. Calum MacLeòid Àrd-oifigear Poileasaidh agus Chùisean Poblach airson Bunait Slàinte Inntinn na h-Alba agus tha e na chomhairliche leasachadh seasmhach neo-cheangailte.

Ann an 2010, stiùir e sgrùdadh iar-reachdail air Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2003 às leth Pàrlamaid na h-Alba. Bha Calum na Stiùiriche Poileasaidh air Fearann Coimhearsnachd na h-Alba roimhe, tha PhD aige ann an cur an gnìomh poileasaidh poblach agus tha e air cùrsaichean leasachadh seasmhach agus poileasaidh poblach a theagasg aig grunn Oilthighean Albannach.

Tha e na bhall de Bhòrd MG ALBA (Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) agus bha e roimhe seo na bhall de Bhòrd Ùghdarras a' Chlà Hearaich, a' cur air adhart leasachadh seasmhach, stèidhichte sa choimhearsnachd.



An t-Oll. Craig MacCoinnich

Tha còrr is 20 bliadhna de dh'èolas ann an stiùireadh tasgaidh, a' toirt còmhla dreuchdan ann an ionmhas is tasgaidh seasmhach, aig an Oll. Craig MacCoinnich, a tha na Àrd-òraidiche aig Sgoil Gnothaich Oilthigh Dhùn Èideann. Anns an dreuchd as ùire aige, stiùir e riarachadh stòrasan ro-innleachdail agus chruthaich e

fuasglaidhean gnàth-thìde agus maoinean tasgaidh calpa nàdarra. Thar a chùrsa-obrach, tha Craig air bun-inbhean deagh chleachdadh a chruthachadh a thaobh uallach corporra àrainneachdail agus sòisealta, a' frithealadh air bùird comhairleachaidh airson na h-lomairt Aithris Chruinneil, na Prionnsapalan airson Tasgadh Cunntachail (PRI) agus FTSE. Mar sgoilear, stèidhich e an t-lonad airson Gnothach agus Atharrachadh na Gnàth-thìde (air a bheil BCCaS a-nis) aig Oilthigh Dhùn Èideann agus chuidich e le bhith a' cur air bhog prògraman MSc ann an stiùireadh carboin agus ionmhas gnàth-thìde. Tha PhD aige ann an ionmhas giùlain (behavioural finance) agus tha e air obair fhoillseachadh mu sheasmhachd agus uallach corporra.



Lorne MacLeòid

(gu 18 Dùbhlachd 2024)

Bha Lorne na stiùiriche stèidheachaidh, agus an uair sin na Chathraiche, air Fearann Coimhearsnachd Alba, agus tha e air a bhith na stiùiriche air buidhnean airson fearann coimhearsnachd a cheannach ann an Èirisgeigh, Uibhist a Deas is Beinn na Faoghla, agus Eilean Ghiogha.

B' esan a' chiad Stiùiriche air Neartachadh Choimhearsnachdan aig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.



Tha e na chunntasair cùmhantaiche, agus tha e na stiùiriche air gnothach reic is riarachaidh san Eilean Sgitheanach.

An t-Oll. Sally Reynolds

(gu 18 Dùbhlachd 2024)

Tha Sally na Neach-comhairle Àiteachais (le PhD ann an eag-eòlas matamataigeil); bha i ag obair gu o chionn ghoirid airson 8 bliadhna le raon an fhearainn coimhearsnachd mar Oifigear Leasachaidh le Urras Oighreachd Chàrlabhaigh. Mar chroitair gnìomhach, tha i a' cur ri grunn ghnìomhachdan a tha a' toirt buannachd dhan choimhearsnachd.



Tha i an-dràsta ag obair ann an dreuchd Leasachadh Gnìomhachais, le Cala Steòrnabhaigh.

Sgioba-stiùiridh



Hamish Trench – Ceannard agus Oifigear Cunntachail

Tha uallach air Hamish Trench airson ceannardas ro-innleachdail agus stiùireadh obrachaidh na buidhne agus airson taic a thoirt do na Coimiseanairean ann an coileanadh an dleastanasan.



Nikki Nagler – Ceannard Conaltraidh agus Sheirbheisean Corporra

Tha uallach air Nikki Nagler a bhith a' stiùireadh conaltradh is seirbheisean corporra a' Choimisein, a' gabhail a-steach riaghladh corporra, ionmhas, HR agus IT.



Emma Cooper – Ceannard Còraichean is Dleastanasan Fearainn

Tha uallach air Emma Cooper airson a bhith a' stiùireadh a' phrògram obrach a tha a' cumail taic ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn Riaghaltas na h-Alba (LRRS), agus seilbh agus cleachdadh fearainn ciallach.

Peinnseanan

Tha an luchd-obrach aig Coimisean Fearainn na h-Alba airidh a bhith nam ball de Phrìomh Sgeama Peinnsein na Seirbheis Chatharra. Gheibhear làn-fhiosrachadh air an sgeama agus air làn-chòraichean nan àrd-stiùirichean aig Coimisean Fearainn na h-Alba anns an Aithisg air Ìocadh agus Luchd-obrach (taobh-duilleig 54) agus nòta 2 (taobh-duilleig 54) an cois nan cunntasan.

Iarrtasan Saorsa Fiosrachaidh

Fhuair Coimisean Fearainn na h-Alba 15 iarrtasan Saorsa an Fhiosrachaidh rè na bliadhna 2024-25. Faodar fios fhaighinn mun deidhinn air làrach-lìn Coimiseanair Fiosrachaidh na h-Alba: stats.itspublicknowledge.info

Dion dàta

Chaidh aon chùis de chall no briseadh dàta a chlàradh no aithris leis a' Choimisean rè na bliadhna, agus tha seo an coimeas ri suidheachadh ann an 2023/24 nuair nach robh cùisean sam bith ann.

Còd Cleachdadh Pàighidh

Ann an co-rèir ri poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, feumaidh Coimisean Fearainn na h-Alba a h-uile cunntas a phàigheadh, mura h-eil e fo cheist, taobh a-staigh 10 làithean bho fhuair e. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag amas air 100% de chunntasan a phàigheadh, a' gabhail a-steach cunntasan a tha fo cheist aon uair 's gu bheil a' cheist air a rèiteachadh, air an uair a rèir nan cumhachan seo. Rè na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2025, phàigh Coimisean Fearainn na h-Alba 96% de chunntasan a rèir nan cumhachan seo.

Cìsean nach buin dhan sgrùdadh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Deloitte a chur an dreuchd mar an neach-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh. Thathar a' foillseachadh làn-fhiosrachadh air a' chosgais airson sgrùdadh nan cunntasan gu ceann na bliadhna 31 Màrt 2025 ann an nòta 3 (taobh-duilleig 90) an cois nan cunntasan. Cha tugadh cùmhnant no pàigheadh do Deloitte airson obair sam bith nach buin ri sgrùdadh rè na bliadhna.



Rè na bliadhna a thàinig
gu crìch air 31 Màrt
2025, phàigh Coimisean
Fearainn na h-Alba 96% de
chunntasan taobh a-staigh
deich làithean obrach bho
fhuairéadh iad.

Aithris air uallaichean an Oifigeir Chunntachail

Ann an co-rèir ri earrann 19(4) de dh'Achd Ionmhas Poblach agus Cunntachalachd (Alba) 2000 agus earrann 19 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016, tha Ministearan na h-Alba air stiùireadh a thoirt do Choimisean Fearainn na h-Alba gus aithris air cunntasan ullachadh airson gach bliadhna ionmhasail anns a' chruth agus air an stèidh a chuireadh an cèill anns an Stiùireadh air Cunntasan a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba.

Tha na cunntasan air an ullachadh a rèir cuin a tha suimeannan gan clàradh, agus feumaidh iad dealbh fìor agus cothromach a thoirt de chor a' ghnothaich ann an Coimisean Fearainn na h-Alba aig ceann an ama agus de na cosgaisean obrachaidh aige a bharrachd air buannachd agus call aithnichte agus sruthan airgid airson an ama ionmhasail.

Ann an ullachadh nan cunntasan, tha an t-Oifigeir Cunntachail fo dhleastanas a bhith:



A' cumail ris an Stiùireadh air Cunntasan a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba, a' gabhail a-steach riatanasan cunntasachd agus foillseachaidh, agus a' cur an gnìomh poileasaidhean cunntasachd freagarrach gu cunbhalach



A' toirt seachad breith agus tuairmeas reusanta



Ag ràdh an deach inbhean cunntasachd iomchaidh, mar a thathar a' cur an cèill ann an Leabhar-làimhe an Riaghaltas air Aithris Ionmhasail, a leantail, agus a bhith a' leigeil ris agus a' mìneachadh eadar-dhealachaidhean sam bith a tha susbainteach anns na cunntasan



Ag ullachadh nan cunntasan leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol

Tha an Rùnaire Maireannach is Prìomh Oifigeir Cunntachail aig Riaghaltas na h-Alba air Ceannard Coimisean Fearainn na h-Alba a chur an dreuchd mar Oifigeir Cunntachail.

Aithris leis an Oifigear Chunntachail

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm airson riaghailteachd is iomchaidheachd nan ionmhasan poblach ris a bheil mi a' freagairt, airson clàran iomchaidh a chumail agus airson stòrasan Coimisean Fearainn na h-Alba a dhìon, mar a chaidh a chur an cèill anns a' Mheòrachan gu Oifigearan Cunntachail airson Pàirtean de Rianachd na h-Alba, a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba.

A' Foillseachadh Fiosrachadh dhan Luchd-sgrùdaidh

Mar Oifigear Cunntachail, cho fad 's as aithne dhomh, chan eil fiosrachadh sam bith buntainneach ri sgrùdadh air a bheil neach-sgrùdaidh Coimisean Fearainn na h-Alba aineolach. Tha mi air a h-uile ceum reusanta a ghabhail air chor 's gum bithinn fhìn eòlach air an fhiosrachadh air fad a tha buntainneach ri sgrùdadh agus gum faodainn dèanamh cinnteach gu bheil neach-sgrùdaidh Coimisean Fearainn na h-Alba eòlach air an fhiosrachadh.

Deimhinneachadh an Oifigear Chunntachail air an Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan

Mar Oifigear Cunntachail, tha mi a' deimhinneachadh gu bheil an aithisg bhliadhnail agus cunntasan san fharsaingeachd cothromach, cothromaichte agus so-thuigsinn, agus tha mi gu pearsanta a' gabhail uallach airson na h-aithisg bliadhnail agus cunntasan agus nam breithneachaidhean a tha riatanach airson deimhinneachadh gu bheil iad cothromach, cothromaichte agus so-thuigsinn.

Aithris air Riaghladh

Cùl-fhiosrachadh

Tha an Aithris air Riaghladh a' clàradh stiùbhardachd Coimisean Fearainn na h-Alba agus a' cur ris na cunntasan bliadhnail. Tha an aithris seo cuideachd a' tarraing ri chèile aithrisean agus fianais air riaghladh agus air rianachd is smachd cunnairt gus uidheam aithris a libhrigeadh a tha cunbhalach agus co-chòrdail.

Ìre nan dleastanasan

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm airson siostam earbsach de dh'in-smachd a chumail a tha a' toirt taic do choileanadh poileasaidhean, cuimsean is amasan na buidhne, a chaidh a chur an cèill le Ministearan na h-Alba, fhad 's a thathar a' dìon nam maoinean is stòrasan poblach air a bheil mi fhìn cunntachail gu pearsanta, ann an co-rèir ris na dleastanasan a dh'fhoillsicheadh ann am Meòrachan an Oifigeir Chunntachail.

Ann an coileanadh mo dhleastanasan pearsanta, tha mi a' dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann a' gèilleadh ris an Leabhar-làimhe air Ionmhas Poblach na h-Alba (SPFM). Bidh Ministearan na h-Alba a' foillseachadh an SPFM gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean ceangailte eile air làimhseachadh is aithris iomchaidh airson nam maoinean poblach. Tha e a' cur an cèill nan riatanasan reachdail, pàrlamaideach agus rianachd buntainneach, agus tha e a' cur cuideam air èifeachdas, buadhachd agus caomhantachd.

Frèam-obrach riaghlaidh

Am Bòrd

Tha an Cathraiche air ceann Bòrd nan Coimiseanairean agus tha an Ceannard air ceann stiùireadh rianachd Coimisean Fearainn na h-Alba. Air a’ Bhòrd tha sianar Choimiseanairean; Cathraiche, ceathrar Coimiseanairean Fearainn agus Coimiseanair Tuathanachas Màil. Chaidh iad uile a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba. Gheibhear barrachd fiosrachaidh air na Coimiseanairean air taobh-duilleig 40-44.

Bòrd nan Coimiseanairean ann an 2024/25

Coimiseanair	Suidheachadh air a’ Bhòrd	Làthaireachd ¹
Micheal Ruiseal	Cathraiche	10/10
An t-Oll. Bob Mac an Tòisich ²	Coimiseanair Tuathanachas Màil	8/8
Lorne MacLeòid ²	Coimiseanair	8/8
An t-Oll. Sally Reynolds ²	Coimiseanair	8/8
An t-Oll. Craig MacCoinnich	Coimiseanair	10/10
An t-Àrd-ollamh Deb Roberts	Coimiseanair	10/10
Rob MacGilleDhuibh ³	Coimiseanair Tuathanachas Màil	2/2
An t-Oll. Lucy Beattie ³	Coimiseanair	2/2
An t-Oll. Calum MacLeòid ³	Coimiseanair	2/2

¹ Làthaireachd aig Coinneamhan Bùird rè 2024/25
² Thàinig an dreuchd gu crìch air 18 Dùbhlachd 2024
³ Thòisich an dreuchd air 19 Dùbhlachd 2024.

Is e dreuchd a’ Bhùird a bhith a’ toirt seachad ceannardas ro-innleachdail airson na buidhne, a’ cur an cèill stiùireadh air poileasaidh, a’ gabhail a-steach cruthachadh plana ro-innleachdail agus prògram na h-obrach ri bhith air an aontachadh le Ministearan na h-Alba. Tha iad cuideachd a’ sgrùdadh coileanadh na buidhne, agus tha an Ceannard cunntachail ris a’ Bhòrd airson a’ choileanaidh sin.

Rè na bliadhna 2024–25, chuimsich am Bòrd air:

- Tar-shealladh air lìbhrigeadh a’ phlana ro-innleachdail agus prògram na h-obrach
- Com-pàirteachadh farsaing leis a’ phoball agus le luchd-ùidh, a’ gabhail a-steach aig co-labhairt nàiseanta a’ Choimisein
- Cumail sùil air coileanadh gach ràith, a’ dèiligeadh ri coileanadh a thaobh lìbhrigeadh, ionmhas, cunnartan agus riaghladh;
- Leasachadh agus trèanadh airson Buill a’ Bhùird.

Tha am Bòrd a’ faighinn taic bho Chomataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan gus sùil a chumail air sgrùdadh chunntasan taobh a-staigh agus sgrùdadh chunntasan taobh a-muigh agus air coileanadh a thaobh ionmhasan, cunnartan agus riaghladh, agus le Comataidh Luchd-obrach agus Ìocaidh.

Tha am Bòrd an geall air inbhean àrda de riaghladh corporra, agus is e beachd a’ Bhùird gum bi structar riaghlaidh earbsach a’ cruthachadh buidheann a tha soirbheachail. Gheibhear gnàth-riaghailtean a’ Bhùird bho làrach-lìn a’ Choimisein www.landcommission.gov.scot.



Comataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan

Rè 2024/25, chaidh structar na Comataidh Sgrùdaidh is Chunnartan ùrachadh, le Cathraiche ùr air a chur an dreuchd san Dùbhlachd 2024 às dèidh don neach a bha san dreuchd roimhe falbh. Gus farsaingeachd eòlais a' Chomataidh a chumail suas agus gus dèanamh cinnteach gum biodh dearbhadh leantainneach aig a' Bhòrd, chaidh ball co-thaghte ùr a chur an dreuchd leis a' Bhòrd cuideachd. Choinnich a' Chomataidh seo ceithir tursan thar na bliadhna.

Buill den Chomataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan rè 2024/ 25

Ball Comataidh	Àite air a' Chomataidh	Làthaireachd ¹
Lorne MacLeòid	Cathraiche (Coimiseanair) ²	3/3
An t-Oll. Craig MacCoinnich	Cathraiche (Coimiseanair) ³ Ball (Coimiseanair)	4/4
An t-Àrd-oll. Deb Roberts	Ball (Coimiseanair)	4/4
Calum MacMhathain	Ball (Co-thaghte) ⁴	1/1

¹ Làthaireachd aig coinneamhan comataidh rè 2024/25

² Thàinig an dreuchd gu crìch air 18 Dùbhlachd 2024

³ Ball gu 18 Dùbhlachd 2024 agus Cathraiche bho 19 Dùbhlachd 2024

⁴ Ball bho 1 Gearran 2025

Bidh na sgrùdairean a-muigh is a-staigh an làthair aig gach coinneamh den Chomataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan. Thathar a' toirt cothrom dhaibh bruidhinn gu prìobhaideach ri buill na Comataidh. Is e adhbhar na Comataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan sùil a chumail, agus ath-bhreithneachadh, air cunnartan, smachd agus riaghladh corporra. Bidh a' Chomataidh ag obair gu neo-eisimeileach agus a' toirt cunntas dhan Bhòrd.

Gheibhear na cumhachan iomraidh airson na Comataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan air làrach-lìn a' Choimisein www.landcommission.gov.scot.

Comataidh Luchd-obrach agus Ìocaidh

Bidh comataidh Luchd-obrach agus Ìocaidh a' cumail sùil air na siostaman ìocaidh a chaidh a chur an sàs airson a' Choimisein, a' gabhail a-steach sgrùdadh bliadhnail air pàigheadh cho math ri fastadh aig àrd-ìre. Tha Comataidh Luchd-obrach agus Ìocaidh na comataidh den Choimisean. 'S iad buill na Comataidh Luchd-obrach agus Ìocaidh Bòrd nan Coimiseanairean le Cathraiche Coimisean an Fhearainn mar chathraiche. Choinnich a' Chomataidh seo dà thuras rè 2024/ 25.

Buill den Chomataidh Luchd-obrach agus Ìocaidh rè 2024-25

Ball Comataidh	Àite air a' Chomataidh	Làthaireachd ¹
Micheal Ruiseal	Cathraiche	3/3
An t-Oll. Bob Mac an Tòisich ²	Coimiseanair Tuathanachas Màil	3/3
Lorne MacLeòid ²	Coimiseanair	3/3
An t-Oll. Sally Reynolds ²	Coimiseanair	3/3
An t-Oll. Craig MacCoinnich	Coimiseanair	3/3
An t-Àrd-oll. Deb Roberts	Coimiseanair	3/3
Rob MacGilleDhuibh ³	Coimiseanair Tuathanachas Màil	0/0
An t-Oll. Lucy Beattie ³	Coimiseanair	0/0
An t-Oll. Calum MacLeòid ³	Coimiseanair	0/0

¹ Làthaireachd aig coinneamhan comataidh rè 2024/25

² Thàinig an dreuchd gu crìch air 18 Dùbhlachd 2024

³ Thòisich an dreuchd air 19 Dùbhlachd 2024.

Sgioba-stiùiridh 2024-25

- Hamish Trench (Ceannard agus Oifigear Cunntachail)
- Nikki Nagler (Ceannard Conaltraidh agus Sheirbheisean Corporra)
- Emma Cooper (Ceannard Còraichean is Dleastanasan Fearainn)

Gheibhear barrachd fiosrachaidh air an Àrd-sgioba-stiùiridh air taobh-duilleig 45. Bidh an t-Àrd-sgioba-stiùiridh a' coinneachadh gu cunbhalach gus stiùireadh obrachail a cho-òrdanachadh. Tha an t-Àrd-sgioba-stiùiridh an geall air inbhean àrda de riaghladh corporra agus tha iad a' libhrigeadh a' cheannardais, stiùireadh ro-innleachdail agus àrainneachd smachd a tha a dhìth gus prìomh amasan Coimisean Fearainn na h-Alba a thoirt gu buil.

Frèam-obrach chunnartan agus smachd

Feumaidh a h-uile buidheann a tha tighinn fo riatanasan Leabhar-làimhe air Ionmhas Poblach na h-Alba (SPFM) ro-innleachd riaghladh cunnairt a chur an gnìomh ann an co-rèir ris an stiùireadh iomchaidh a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba.

Tha an dòigh-obrach airson chunnartan agus smachd stèidhichte air pròiseas leantainneach a chaidh a dhealbhadh air chor 's gum faod na prìomh chunnartan a thaobh coileanadh poileasaidhean, cuimsean is amasan Coimisean Fearainn na h-Alba a chomharrachadh; gum faod nàdar agus farsaingeachd nan cunnartan sin a mheasadh; agus gun gabh an riaghladh gu h-èifeachdach, buadhmhor agus caomhantach.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' cumail Clàr-cunnairt Ro-innleachdail, a bhios a' clàradh chunnartan taobh a-staigh agus taobh a-muigh agus a bhios a' comharrachadh nan gnìomhan lasachaidh a tha a dhìth gus an coltas gun tig na cunnartan sin gu buil a lùghdachadh agus gus a' bhuidheann a thigeadh bhuapa ìsleachadh. Tha an Clàr-cunnairt Ro-innleachdail air ath-ùrachadh is ath-sgrùdadh gu cunbhalach mar ghnàth-chuspair air a' chlàr-ghnothaich gach cuid leis an Àrd-sgioba-stiùiridh agus leis a' Chomataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan. Bithear a' toirt gach cunnart fa leth gu sealbhadair, a bhios a' dèanamh cinnteach gun dèanar na gnìomhan lasachaidh. Bidh am Bòrd a' beachdachadh air a' Chlàr-chunnairt gach ràith.

Gabhaidh na prìomh chunnartan a chaidh a chomharrachadh rè na bliadhna gu 31 Màrt 2022 a sheòrsachadh fo cheithir prìomh chinn-sgrìobhaidh:

Lìbhrigeadh

- Cunnart gum fulaingear call iomlan de shiostaman agus mar thoradh air sin nach urrainn dhan Choimisean obrachadh mar bhuidheann
- Cunnart gum faodadh Bile Ath-leasachadh an Fhearainn barrachd dhleastanasan a chruthachadh airson a' Choimisein às aonais ghoireasan gu leòr, a' toirt buaidh air lìbhrigeadh.
- Cunnart gum bi cuingeadan ionmhais phoblach a' bacadh comas a' Choimisein freagairt ri atharrachaidhean ann am prìomhachasan nàiseanta, a' lughdachadh sùbailteachd agus èifeachdas.

Cliù

- Cunnart atharrachaidhean ann an dreuchdan a' Bhùird no fàilligeadh ann am fastadh a' cur bacadh air riaghladh èifeachdach no a' fàgail gu bheil dìth soilleireachd ann mu stiùireadh ro-innleachdail
- Cunnart ann gum bi cùisean ag èirigh air an taobh a-muigh ag adhbharachadh dèanamh poileasaidh nach eil air a dhealbhachadh agus riaghladh dhàimhean lag.
- Cunnart gum bi aithris neo-chunbhalach, neo-shoilleir ann mu cheangal builean a' Choimisein ris a' chlàr-ghnothaich nas fharsainghe air ath-leasachadh an fhearainn.
- Cunnart gum bi riaghladh com-pàirteachaidh le luchd-ùidh neo-èifeachdach, a' gabhail a-steach le Riaghaltas na h-Alba, a' lughdachadh buaidh obair a' Choimisein.

Gèilleadh

- Cunnart gum fàilligear ann a bhith a' coinneachadh ri riatanasan reachdail no riaghlaidh, a dh'fhaodadh leantainn gu droch bhuilean rianachd no cliù.
- Cunnart neo-ghèilleadh ionmhasail, a' gabhail a-steach fàilligeadh a bhith a' lìbhrigeadh taobh a-staigh a' bhuidseit air sgàth phrìomhachasan no smachdan caochlaideach, gu h-àraidh ceummannan Riaghaltas na h-Alba tron bhliadhna.

Luchd-obrach

- Cunnart gum bi neo-làthaireachd luchd-obrach a' lughdachadh comas lìbhrigidh agus a' toirt buaidh air gnìomhachd riatanach.

- Cunnart gum bi buaidh aig uallach obrach agus dùilean farpaiseach air sunnd luchd-obrach no gun lean iad gu dàil ann an lìbhrigeadh.
- Cunnart mì-rian air sgàth rèiteachaidhean obrach haidhbrid agus iomallach, gu h-àraidh mura h-eil iad air an làn-fhilleadh a-steach do shiostaman agus pròiseasan.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' leantainn poileasaidh Riaghaltas na h-Alba air Tèarainteachd Fiosrachaidh, agus tha Àrd-shealbhadair Cunnart Fiosrachaidh ann gus cunnart fiosrachaidh a stiùireadh.

Tha na modhan-obrach airson cunnart agus smachd air an cur an gnìomh taobh a-staigh Coimisean Fearainn na h-Alba a' co-chòrdadh ris an stiùireadh anns an SPFM agus bha iad an sàs airson na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2025 agus gu ruige an latha nuair a fhuair aonta airson na h-aithisg bhliadhnail agus cunntasan.

Rè na bliadhna agus gu ruige an latha nuair a chaidh na cunntasan a shoidhnigeadh, bha na rianan riaghlaidh a leanas an sàs:

- Poileasaidh air Innsireachd
- Poileasaidh an aghaidh Foill
- Stiùireadh-deasg air Ionmhas air ath-ùrachadh

Bithear a' leantainn oirnn a' dèanamh lèirmheas air an t-siostam in-smachd gus a bhith cinnteach gum bi seo a' lìbhrigeadh barantas èifeachdach fhad 's a tha a' bhuidheann a' fàs agus a' leasachadh.

Feabhas luach

Tha Frèam-obrach Riaghlaidh a' Choimisein air a thogail air prionnsapalan deagh chleachdaidh gus dèanamh cinnteach à luach an airgid thar gach gnìomhachd, seirbheis agus cùmhnant. Ann an 2024/25, rinn sinn grunn lèirmheasan cudromach gus èifeachdas a leasachadh agus caiteachas taobh a-muigh a lughdachadh.

Bha seo a' toirt a-steach ath-thairgse iomlan air ar bathar-bog ionmhais agus seirbheisean cunntasachd gus pròiseasan a shìmpileachadh agus sgrùdadh ionmhais a neartachadh. Chaidh lèirmheas coileanta a dhèanamh air an t-solar IT againn cuideachd, a' dèanamh cinnteach à coileanadh leantainneach agus èifeachdas cosgais bho sholaraichean.

Rinn sinn ath-sgrùdadh cuideachd air a' chùmhnant dàimh phoblach againn agus cho-dhùin sinn an obair seo a dhèanamh sa bhuidhinn, a' dèanamh an fheum nas fheàrr de dh'eòlas a-staigh. A' coimhead air adhart, nì sinn ath-sgrùdadh air a' chùmhnant aoigheachd lìn againn ann an 2025/26 gus dèanamh cinnteach gu bheil e fhathast a' lìbhrigeadh an luach as fheàrr.

Modhan-obrach airson strì eadar com-pàirtean

Tha modhan-obrach aig Coimisean Fearainn na h-Alba, a tha teann agus uile-chùiseach, a bhios a' dèiligeadh ri strì sam bith a b' urrainn èirigh eadar com-pàirtean. Thathar a' cumail clàr chom-pàirtean, an dà chuid airson Coimiseanairean agus luchd-obrach, agus thèid ath-ùrachadh gach bliadhna. Faodaidh am poball an clàr a sgrùdadh, agus thathar a' foillseachadh an fhiosrachaidh bho na Coimiseanairean air làrach-lìn Coimisean Fearainn na h-Alba. Bidh Coimiseanairean a' clàradh strì sam bith a b' urrainn èirigh aig toiseach gach coinneamh bùird aig a' Choimisean, agus, far a bheil e freagarrach, fàgaidh iad a' choinneamh airson cho-dhùnidhean air cùis sam bith anns a bheil com-pàirt aca. Thèid na com-pàirtean seo a chlàradh sna geàrr-chunntasan.

Sgrùdadh bhon taobh a-muigh

Chaidh Deloitte a chur an dreuchd mar an luchd-sgrùdaidh chunntasan bhon taobh a-muigh aig Coimisean Fearainn na h-Alba fad còig bliadhna bho 1 Giblean 2022.

In-sgrùdadh

Tha in-sgrùdadh na phàirt bhunaiteach den t-siostam in-smachd. Airson na bliadhna ionmhasail 2024-25, chaidh an t-seirbheis in-sgrùdadh chunntasan sholarachadh le BDO LLP, a rinn obair stèidhichte air anailis air na cunnartan mu choinneimh a' Choimisein. Rinn BDO LLP sgrùdadh is luachadh air na pròiseasan ann an 2024-25 aig Coimisean Fearainn na h-Alba anns na raointean a leanas:

- Riaghladh Chunnartan • Riaghladh Corporra
- Mar a chaidh molaidhean a thoirt air adhart

Tha na co-dhùnidhean bhon in-sgrùdadh gan taisbeanadh ann an aithisgean rè na bliadhna chun an Àrd-sgioba-stiùiridh agus chun na Comataidh Sgrùdaidh is Chunnartan. Anns na h-aithisgean seo, bidh beachd air iomchaidheachd agus èifeachdas an t-siostaim in-smachd, còmhla ri molaidhean airson leasachaidhean.

Rinneadh seachd molaidhean uile gu lèir rè na bliadhna, eadar ìre cunnairt mheadhanach gu ìre cunnairt ìosal. Cha deach moladh sam bith a chomharrachadh mar ìre cunnairt àrd. Chaidh 23 molaidhean uile gu lèir a thoirt air adhart bho obair bhliadhnaichean roimhe. Tha seo a' riochdachadh lughdachadh bho 33 gnìomh anns a' bhliadhna roimhe, a' nochdadh an adhartais a chaidh a dhèanamh ann a bhith a' dèiligeadh ri molaidhean a rèir prìomhachasan na buidhne agus comas na sgioba.

Gach bliadhna, bidh an solaraidhe In-sgrùdaidh a' foillseachadh aithisg bhliadhnail anns am bi beachd air an t-siostam in-smachd.

A rèir toraidhean an lèirmheis air riaghladh cunnairt, riaghladh agus pròiseasan in-smachd a' Choimisein, tha barantas reusanta aig a' Choimisean nach eil laigsean mòra anns na siostaman in-smachd airson nan raointean air an do rinneadh lèirmheas ann an 2024-25.

Anns an aithisg bhliadhnail aca, dh'aithnich In-sgrùdadh gun robh buaidh aig atharrachaidhean a thaobh ghoireasan air comas a' Choimisein a h-uile moladh a rinneadh a chur an gnìomh. De na 27 molaidhean a bha ri chur an gnìomh, chaidh a mheas gun deach 12 molaidhean (46%) a làn-chur an gnìomh, agus 8 (30%) a phàirt-chur an gnìomh; feumaidh 4 (15%) barrachd fianais gus dearbhadh gun deach an cur an gnìomh agus chaidh trì (11%) a chur dheth.

Riaghladh dàta agus fiosrachaidh

Tha modhan-obrach an sàs air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheilear a' gèilleadh ri dleastanasan dàta agus rianachd fiosrachaidh. Chaidh aon chùis de chall no briseadh dàta a chlàradh no aithris leis a' Choimisean rè na bliadhna. Tha an Coimisean air ceumannan a ghabhail a dhèanamh cinnteach gu bheilear a' gèilleadh ri dleastanasan GDPR. Tha Oifigear Dìon Dàta sònraichte aig a' Choimisean a bharrachd air Sealbhadairean Maoin Fiosrachaidh sònraichte agus Àrd-shealbhadair Cunnart Fiosrachaidh.

Tha barrachd cunnairt air a bhith ann a thaobh tèarainteachd shaidhbear, co-cheangailte ri obrachadh bhon taigh, àrainneachd obrach troimh-a-chèile agus còmhstri eadar-nàiseanta. Tha an Coimisean ag aithneachadh cho cudromach 's a tha seasmhachd shaidhbear agus tha e air a bhith a' leantainn air adhart ag obair còmhla ri Riaghaltas na h-Alba a dhèanamh cinnteach gu bheil na teicneòlasan didseatach againn ann an co-rèir ri Plana gnìomha an Raoin Phoblaich airson seasmhachd shaidhbear. Dh'ùraich Coimisean Fearainn na h-Alba a theisteanas Cyber Essentials agus tha fhuair e inbhe Cyber Essentials Plus. Rinn an Coimisean trèanadh do luchd-obrach a-rithist agus ruith e eacarsaichean air cho cudromach 's a tha e a bhith furachail a thaobh ionnsaighean phishing agus a bhith a' dèanamh planadh shuidheachaidhean airson brisidhean a dh'fhaodadh tachairt.

Cùisean ana-coirbteachd is ana-brìbearachd

Tha Poileasaidh an aghaidh Foill aig a' Choimisean, agus cha d' fhuair eadhon aithris sam bith de dh'fhoill no de choirbteachd.

Cùisean riaghlaidh susbainteach

Rè 2024/25, cha robh cùisean riaghlaidh susbainteach ann ri aithris.

Fòcas riaghlaidh a' coimhead air adhart

Tha na prìomh dhùbhlain riaghlaidh san àm ri teachd stèidhichte air libhrigeadh thoraidhean ann an co-theacsa nan cuingeadan ionmhais a tha a' sìor fhàs san roinn phoblaich:



A' coileanadh libhrigeadh plana ro-innleachdail agus prògram obrach Coimisean Fearainn na h-Alba agus a' cur ri builean nàiseanta na h-Alba.



A' rannsachadh dhòighean-obrach ùra gus geallaidhean gnìomha a thaobh na gnàth-thìde a libhrigeadh agus àrainneachd obrach shùbailte a chruthachadh do luchd-obrach.



A' togail air a' phrògram leasachadh buidhne làithreach againn gus buaidh a thoirt air an t-seòrsa buidhne a tha sinn ag iarraidh a bhith againn san àm ri teachd, le fòcas air dealbhadh gnothaich a leasachadh.



A' dèanamh barrachd obair leasachaidh air an sgeama tiomnadh ùghdarrais gus dèanamh cinnteach gun obraich Coimisean Fearainn na h-Alba agus e a' fàs mar bhuidheann, ann an dòigh èifeachdach.



Leasachadh leantainneach air dòigh-obrach stiùireadh pròiseict a' gabhail a-steach aithris air libhrigeadh, modal measaidh agus fiosrachadh stiùireadh coileanaidh a' gabhail a-steach prìomh chomharran coileanaidh.



Prògram leantainneach de thrèanadh is leasachadh airson Coimiseanairean stèidhichte air riatanasan sgilean is leasachaidhean.



A' dèanamh cinnteach gu bheil Fòram Com-pàirteachaidh an Luchd-obrach agus a' Chomataidh Luchd-obrach agus Ìocaidd air an riaghladh gu math agus iad a' cur ri leasachadh na buidhne



A' cumail suas dàimh obrach èifeachdach le PCS gus taic a chumail ri sunnd luchd-obrach aig an obair.

Barantasan luchd-stiùiridh

Tha lèirmheas an Oifigeir Chunntachail air èifeachdas an t-siostaim in-smachd agus nan rianan airson riaghladh cunnairt, air fhiosrachadh le:

1. Tha lèirmheas an Oifigeir Chunntachail air èifeachdas an t-siostaim in-smachd agus nan rianan airson riaghladh cunnairt, air fhiosrachadh le:
2. Litir barantais le taic bho làn liosta-dhearbhaidh air in-smachd, aontaichte le Cinn Seirbheise, a' comharrachadh smachdan agus, far a bheil e iomchaidh, a' toirt fa-near cùisean iomagain;
3. Obair nan in-sgrùdairean, a' gabhail a-steach aithisgean rè na bliadhna chun na Comataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan aig Coimisean Fearainn na h-Alba (a' gabhail a-steach am beachd, a tha neo-eisimeileach agus neo-phàirteach, air iomchaidheachd agus èifeachdas an t-siostaim in-smachd aig a' Choimisean, còmhla ri molaidhean airson leasachadh)
4. Beachdan bhon luchd-sgrùdadh air an taobh a-muigh anns na h-aithisgean aca
5. Aithisg bhliadhnail agus ùrachaidhean ràitheil chun a' Bhùird bho Chathraiche na Comataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air obair na comataidh sin rè na bliadhna
6. Lèirmheasan gach ràith bhon Chomataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan air clàr-cunnairt na buidhne agus air obair nan in-sgrùdairean ann a bhith a' measadh èifeachdas nan rianan airson riaghladh cunnairt
7. Litrichean dearbhaidh bho Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a bheir seachad seirbheis HR co-roinnte do Choimisean Fearainn na h-Alba.

Co-dhùnadh

Stèidhichte air na tùsan barantais ainmichte gu h-àrd, agus air sgrùdadh leantainneach air cleachdaidhean riaghlaidh corporra a rèir phrionnsapalan is stiùireadh deagh chleachdaidh, tha mi riaraichte gu bheil smachdan riaghlaidh iomchaidh an sàs agus gu bheil iad ag obair gu h-èifeachdach. Feumar am frèam-obrach smachd a leasachadh barrachd mar a tha a' bhuidheann a' fàs, air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheil e co-rèireach agus èifeachdach.

Aithisg air Ìocadh is Luchd-obrach

Tha an Aithisg Ìocaidh is Luchd-obrach le ùmhlachd do sgrùdadh ach a-mhàin am Poileasaidh Ìocaidh, Nòta Gnè, ceann-latha mu Làithean dheth Tinn, poileasaidhean luchd-obrach a thaobh Co-ionannachd Chothroman, Ciorram agus Iomadachd, Cothromachd aig an Obair, agus Poileasaidhean Ionnsachaidh is Leasachaidh, a tha air an ath-sgrùdadh le Sgrùdadh Alba airson cunbhalachd leis na cunntasan sgrùdaichte.

Poileasaidh air Ìocadh

Buill a' Bhùird

Tha sianar Choimiseanairean air Bòrd Coimisean Fearainn na h-Alba. Tha ìocadh nan Coimiseanairean ùghdarraichte le Ministearan na h-Alba agus air a dhearbhadh a rèir Poileasaidh air Pàigheadh san Roinn Phoblaich airson Dreuchdan Àrda Dreuchd (faic www.scotland.gov.uk/publications airson tuilleadh fiosrachaidh).

An-dràsta, chan eil peinnsean mu choinneamh dreuchdan Buill a' Bhùird. Chaidh Lorne MacLeòid, an t-Oll. Bob Mac an Tòisich agus an t-Oll. Sally Reynolds a chur an dreuchd a-rithist air Bòrd a' Choimisein airson trì bliadhna bho 19 Dùbhlachd 2021. Thàinig na dreuchdan aca gu crìch air 18 Dùbhlachd 2024.

Air 1 Gearran 2024, chaidh trì buill ùra den Bhòrd a chur an dreuchd airson teirmichean còig bliadhna (Mìcheal Ruiseal, Cathraiche, an t-Oll. Craig MacCoinnich agus an t-Àrd-ollamh Deb Roberts, Coimiseanairean Fearainn).

Air 19 Dùbhlachd 2024, chaidh trì buill ùra den Bhòrd a chur an dreuchd airson teirm còig bliadhna (Rob MacGilleDhuibh, an t-Oll. Lucy Beattie agus an t-Oll. Calum MacLeòid).

Stiùir Riaghaltas na h-Alba am pròiseas fastaidh airson a h-uile dreuchd ùr.

Luchd-obrach

Tha a h-uile neach-obrach, maireannach agus teirm-shuidhichte, air fhadhadh le Coimisean Fearainn na h-Alba. Airson 2024/25, tha an Coimisean air poileasaidh ìrean pàighidh Riaghaltas na h-Alba a ghabhail os làimh gus ìrean tuarastail a dhearbhadh a rèir Poileasaidh Pàighidh Riaghaltas na h-Alba agus aonta na Comataidh Ìocaidh.

Tha a h-uile co-rèiteachadh pàighidh ga chumail le PCS a rèir an aonta aithneachaidh againn. Tha ìre tuarastail dreuchd a' Cheannaird air leth bho seo agus i a' tighinn fo Phoileasaidh Pàighidh Ionmhas Riaghaltas na h-Alba. Thathar ag aithneachadh gum feum pàigheadh a bhith aig ìre a chuidicheas fastadh, glèidheadh agus brosnachadh luchd-obrach. Thathar

cuideachd ag aithneachadh poileasaidhean an Riaghaltais air pàigheadh san t-Seirbheis Chatharra is san raon phoblaich agus gum feumar cumail ri smachdan air caiteachas poblach. Thathar a’ cumail sùil air coileanadh an luchd-obrach tro shiostam measadh coileanaidh.

Comataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan

Gu 19 Dùbhlachd 2024, bha a’ Chomataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan air a dhèanamh an-àirde de thriùir Choimiseanairean. Bho 1 Gearran 2025, tha dithis Choimiseanairean agus aon bhall co-thaghte bho bhuidheann air an taobh a-muigh air a’ Chomataidh Sgrùdaidh agus Chunnartan. Cha d’ fhuair am ball co-thaghte ìocadh sam bith agus mar sin chan eilear ga ghabhail a-steach anns an aithris a leanas.

Ìocadh a’ Bhùird (air a sgrùdadh)

Bha ìocadh ri phàigheadh do na Coimiseanairean mar a leanas:

Coimiseanairean a bha ann an dreuchd ann an 2024-25	2024-25 (£)	2023-24 (£)
Micheal Ruiseal (Cathraiche)	10,000 - 15,000	0 - 5,000
An t-Oll. Bob Mac an Tòisich (Coimiseanair Tuathanachas Màil)	15,000 - 20,000	20,000 - 25,000
An t-Oll. Sally Reynolds (Coimiseanair Fearainn)	0 - 5,000	5,000 - 10,000
Lorne MacLeòid (Coimiseanair Fearainn)	0 - 5,000	5,000 - 10,000
Craig MacCoinnich (Coimiseanair Fearainn)	5,000 - 10,000	0 - 5,000
Deborah Roberts (Coimiseanair Fearainn)	5,000 - 10,000	0 - 5,000
Raibeart MacGilleDhuibh (Coimiseanair Tuathanachas Màil) *	5,000 - 10,000	-
Calum MacLeòid (Coimiseanair Fearainn) *	0 - 5,000	-
Lucy Beattie (Coimiseanair Fearainn) *	0 - 5,000	-

Chan eil dreuchdan Coimiseanair ion-pheinnsean.

Tha Cathraiche Coimisean Fearainn na h-Alba an geall ri ceithir làithean gach mìos.

Tha Coimiseanair Tuathanachas Màil an geall ri ochd làithean gach mìos.

Tha Coimiseanairean Fearainn an geall ri dà latha gach mìos.

* Thòisich dreuchdan air 19/12/2024

Ìocadh àrd-luchd-obrach (air a sgrùdadh)

Tha an earrann a leanas a' toirt seachad fiosrachadh air ìocadh agus com-pàirtean peinnein an àrd-luchd-obrach aig Coimisean Fearainn na h-Alba

	Tuarastal £000		Sochairean peinnein £000		Iomlan £000	
	2024-25	2023-24	2024-25	2023-24	2024-25	2023-24
Ceannard						
Hamish Trench	85-90	80-85	57	40	145-150	120-125
Àrd-sgioba-stiùiridh						
Nikki Nagler	65-70	60-65	27	23	95-100	85-90
Emma Cooper Co-ionann ri làn- bhliadhna	65-70	55-60 (60-65)	31	31*	100-105	85-90*

*Chaidh buannachd peinnein na bliadhna roimhe ath-chlàradh bho fhigear aithrisichte de £23k gu £31k gus cunntas a thoirt air mearachd sna figearan roimhe. Mar sin tha am bann iomlan de dhuiscean air àrdachadh bho 80-85 gu 85-90. Chan eil an t-atharrachadh seo a' toirt buaidh air na prìomh aithrisean againn.

Dìoladh airson call dreuchd

B' e neoni an t-suim seo airson 2024-25 (2023-24 neoni).

Rainnse Pàighidh (air a sgrùdadh)

Tha dleastanas air buidhnean aithris a bhith a' foillseachadh na dàimh eadar ìocadh an neach-obrach leis an tuarastal as àirde agus an tuarastal meadhanach airson luchd-obrach na buidhne, cho math ri figearan airson na ceathramhail àrd agus na ceathramhail ìosal aig luchd-obrach na buidhne. Airson Coimisean Fearainn na h-Alba, bha am bann ìocaidh aig an neach-obrach leis an tuarastal as àirde anns a' bhliadhna ionmhasail 2024-25 eadar £85k is £90k. (2023/24: £80k-85k).

	2024/25 Tuarastalan £	2024-25 co- mheas leis an neach-obrach leis an tuarastal as àirde	2023/24 Tuarastalan £	2023-24 co- mheas leis an neach-obrach leis an tuarastal as àirde
A' cheathramhail ìosal	39,456	2.09	32,544	2.46
Cuibheas meadhanach	44,979	1.83	39,967	2.00
A' cheathramhail àrd	52,954	1.56	47,222	1.69

Ann an 2024-25, cha d'fhuair neach-obrach sam bith ìocadh nas àirde na an Ceannard. Bha ìocadh eadar £30,675 agus £69,018 (gun a bhith a' gabhail a-steach an Ceannard) (2023-24: £25,190 gu £67,008). Bha atharrachadh 8.76% san ìre tuarastail aig an neach-obrach leis an tuarastal as àirde ann an 2024-25 (3.35%: 2023-24). B' e an t-atharrachadh cuibheasach de thuarastal an sgioba-obrach bhon bhliadhna ionmhais roimhe 9.74% (4.45% 2023-24). Bha àrdachadh pàighidh ann an 2024-25 a rèir poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba.

Sochairean peinnsein (air a sgrùdadh)

	Peinnsean tàrmaichte aig aois a' pheinnsein mar a bha e air 31/03/25 agus cnap-shuim a bhuineas ris		Àrdachadh fìor ann am peinnsean agus cnap-shuim a bhuineas ris aig aois a' pheinnsein		CETV air 31/03/25	CETV air 31/03/24	Àrdachadh fìor ann an CETV mar a tha maoinichte le fastaidhear
	£000		£000		£000	£000	£000
	Peinnsean	Cnap-shuim	Peinnsean	Cnap-shuim			
Àrd-oifigear							
Hamish Trench	30 – 35	–	2.5 – 5	–	575	507	42
Àrd-sgioba-stiùiridh							
Nikki Nagler	0 – 5	–	0 – 2.5	–	40	20	13
Emma Cooper	10 – 15	–	0 – 2.5	–	123	90**	14

*Tha CETV a' ciallachadh luach an airgid a gheibhear airson peinnsean a ghluasad ("Cash Equivalent Transfer Value"), agus faodar barrachd fiosrachaidh fhaotainn air taobh-duilleig 67. **Chaidh CETV na bliadhna roimhe ath-aithris bho fhigear aithriste de £64,000 gu £90,000 gus mearachd anns na figearan roimhe a ghabhail a-steach. Chan eil buaidh aig an atharrachadh seo air na prìomh aithrisean againn.

Chaidh sochairean peinnsein tàrmaichte sa chlàr seo airson neach sam bith air a bheil buaidh aig Fuasgladh Peinnsein na Seirbheis Poblach air an obrachadh a-mach stèidhichte air an gabhail a-steach san sgeama dìleib airson na h-ùine eadar 1 Giblean 2015 agus 31 Màrt 2022, às dèidh breithneachadh McCloud. Tha am Fuasgladh Peinnsein Seirbheis Phoblach a' buntainn ri daoine a bha nam buill, no airidh air a bhith nam buill, de sgeama peinnsein na seirbheis poblach air 31 Màrt 2012 agus a bha nam buill de sgeama peinnsein na seirbheis poblach eadar 1 Giblean 2015 agus 31 Màrt 2022. Tha bunait an àireamhachaidh a' nochdadh an t-suidheachaidh laghail gun deach buill air a bheil buaidh a thoirt air ais dhan sgeama dìleib iomchaidh airson na h-ùine fuasglaidh agus gum bi seo a' buntainn mura cleachd am ball gu gnìomhach a' chòir aca nuair a leigeas iad dheth an dreuchd gus co-dhùnadh an àite sin sochairean fhaighinn a chaidh obrachadh a-mach fo chumhachan sgeama Alpha airson na h-ùine bho 1 Giblean 2015 gu 31 Màrt 2022.

Peinnseanan na Seirbheis Catharra

Thathar a' toirt shochairan peinnsein tro rianan peinnsein na Seirbheis Catharra. Bho 1 Giblean 2015, chaidh sgeama peinnsein ùr airson seirbheisich chatharra a thoirt a-steach – Sgeama nan Seirbheiseach Catharra agus Eile, no alpha, a tha a' toirt shochairan peinnsein air stèidh cuibheasachd tuarastail, le aois a' pheinnsein gu h-àbhaisteach co-ionann ri Aois Peinnsean na Stàite airson a' bhuill (no 65 ma tha sin nas àirde). Bhon cheann-latha sin, ghabh a h-uile seirbheiseach catharra a bha ùr ann an dreuchd, agus a' mhòr-chuid dhiubhsan a bha mar-thà anns an t-seirbheis, ris an sgeama ùr alpha. Ron cheann-latha sin, bha seirbheisich chatharra a' gabhail pàirt ann am Prìomh Sgeama Peinnsein na Seirbheis Catharra (PCSPS). Tha ceithir roinnean ann am PCSPS: trì a tha a' toirt shochairan air stèidh an tuarastail dheireannaich (classic, premium no classic plus), le aois a' pheinnsein àbhaistich de 60; agus aon a tha a' toirt shochairan air stèidh a' chùrsa-obrach iomlain (nuvos), le aois a' pheinnsein àbhaistich de 65.

Tha na rianan reachdail seo neo-mhaoinichte, le cosgais nan sochairan air am pàigheadh le suimeannan airgid a tha a' Phàrlamaid a' bhòtadh gach bliadhna. Tha peinnseanan a tha rim pàigheadh fo classic, premium, classic plus, nuvos agus alpha air am meudachadh gach bliadhna ann an co-rèir ri reachdas air meudachadh pheinnseanan. Bha daoine a bha nam buill de PCSPS a bha taobh a-staigh 10 bliadhna bho aois a' pheinnsein àbhaistich aca air 1 Giblean 2012 a' fantainn ann am PCSPS an dèidh 1 Giblean 2015. Bidh iadsan a bha eadar 10 bliadhna agus 13 bliadhna is còig mìosan bho aois a' pheinnsein àbhaistich aca air 1 Giblean 2012 ag atharrachadh gu alpha uaireigin eadar 1 Ògmhios 2015 agus 1 Gearran 2022. Leis gu bheil an Riaghaltas an dùil cur às do lethbhreith a dh'ainmich na cùirtean mun dòigh san deach ath-leasachaidhean peinnsein a thoirt a-steach ann an 2015 airson cuid de bhuill, tha dùil, ri ùine, gum bi còir aig buill ion-roghnach le seirbheis iomchaidh eadar 1 Giblean 2015 agus 31 Màrt 2022 ri sochairan peinnsein eadar-dhealaichte a thaobh na h-ùine sin (agus dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air luach an airgid a gheibhear airson peinnsean a ghluasad a chithear san aithisg seo – faic gu h-ìosal).

Airson a h-uile ball a tha ag atharrachadh gu alpha, tha na sochairan PCSPS aca air am 'bancadh', agus bi iadsan le sochairan nas tràithe ann an tè de na roinnean stèidhichte air tuarastal deireannach a' faighinn nan sochairan sin stèidhichte air an tuarastal dheireannach aca nuair a dh'fhàgas iad alpha. (Tha na figearan peinnsein airson oifigich a' sealltainn peinnsean a choisinn iad ann am PCSPS no alpha – mar a tha freagarrach. Far a bheil sochairan aig an oifigeach gach cuid ann an alpha agus ann am PCSPS, thathar ag aithris figear a tha a' riochdachadh luach co-mheasgaichte de na sochairan aca anns an dà sgeama.) Bhon Dàmhair 2002, dh'fhaodadh buill a tha a' tighinn a-steach dhan sgeama a bhith a' taghadh an ullachaidh iomchaidh a thaobh sgeama shochairan suidhichte

no sgeama thabhartasan suidhichte (ceannach-airgid) le cuibhreann fastaidheir (cunntas peinnsein com-pàirteachais).

Tha cuibhreannan an fhastaidheir ceangailte ri tuarastal agus tha iad aig ìre eadar 4.6% agus 8.05% de chosnadh airson peinnsean de bhuill ann an classic, premium, classic plus, nuvos agus alpha. Bidh sochairean ann an classic a' tàrmachadh aig ìre 1/80mh de chosnadh mu dheireadh airson peinnsean airson gach bliadhna de sheirbheis. Cuideachd, tha cnap-shuim a tha co-ionann ri trì bliadhna de pheinnsean an toiseach ri pàigheadh an dèidh dol air chluaineas. Airson premium, bidh sochairean a' tàrmachadh aig ìre 1/60mh den chosnadh mu dheireadh airson peinnsean airson gach bliadhna de sheirbheis. Eu-coltach ri classic, chan eil cnap-shuim ann gu fèin-obrachail.

Tha classic plus an ìre mhath na mheasgachadh, le sochairean airson seirbheis ro 1 Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach ann am farsaingeachd mar a tha classic agus sochairean airson seirbheis bhon Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach mar a tha iad ann am premium. Ann an nuvos, bidh buill a' cur ri peinnsean air stèidh an tuarastail ion-pheinnsein ri linn ùine am ballrachd anns an sgeama. Aig deireadh bliadhna an sgeama (31 Màrt), tha cunntas peinnsein choisinnnte a' bhuill a' faighinn 2.3% den chosnadh airson a' pheinnsein aca sa bhliadhna sin den sgeama agus tha am peinnsean tàrmaichte ga àrdachadh a rèir an reachdais air àrdachadh peinnsein. Bidh sochairean ann an alpha a' fàs ann an car an aon dòigh ri nuvos, ach gu bheil ìre an tàrmachaidh aig 2.32%. Anns gach suidheachadh, faodaidh gun cur buill romhpa am peinnsean a leigeil seachad agus cnap-shuim fhaotainn chun nan crìochan a shuidhich Achd an Ionmhais 2004.

Tha an cunntas peinnsein com-pàirteachais na ullachadh peinnsein le tabhartasan suidhichte a tha na phàirt den Legal & General Mastertrust. Bidh am fastaidheir a' cur a-steach eadar 8% agus 14.75% (a rèir aois a' bhuill). Chan fheum an neach-obrach cur ris, ach nuair a chuireas iad, bheir am fastaidheir an aon rud seachad gu ìre 3% den tuarastal ion-pheinnsean (a bharrachd air cuibhreann bunaiteach an fhastaidheir). Bidh luchd-fastaidh cuideachd a' cur 0.5% a bharrachd de thuarastal ion-peinnsein gus cosgaisean a chòmhdach airson àrachas shochairean an aghaidh chunnartan, a thathar a' solarachadh bhon mheadhan (is e sin, bàs ann an seirbheis agus leigeil dreuchd seachad air sàillibh droch shlàinte).

Is e am peinnsean tàrmaichte a chithear an seo am peinnsean air am bi am ball airidh nuair a ruigeas iad aois a' pheinnsein, no nuair a sguireas iad de bhith nam ball den sgeama ma tha iad cheana aig aois a' pheinnsein no nas sine. Is e 60 aois a' pheinnsein airson buill ann an classic, premium agus classic plus, 65 airson buill ann an nuvos agus, airson buill ann an alpha, 65 no Aois Peinnsean na Stàite ma tha sin nas àirde. (Tha na figearan peinnsein airson oifigich a' sealltainn peinnsean a choisinn iad ann am PCSPS no alpha

– mar a tha freagarrach. Nuair a tha sochairean aig an oifigear gach cuid ann am PCSPS agus ann an alpha, is e an àireamh a bheirear luach nan sochairean san dà sgeama còmhla, ach thoir fa-near gur dòcha gum biodh pàirtean den pheinnsean sin rim pàigheadh aig diofar aoisean.)

Thathar an dùil gum bi tabhartasan luchd-fastaidh do na planaichean peinnsein uile ann an 2025/26 timcheall air £240,000.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu ullachaidhean peinnsein na Seirbheise Catharra air an làraich-lìn www.civilservicepensionscheme.org.uk

Luach an airgid a gheibhear airson peinnsean a ghluasad (CETV)

Is e a tha ann an Luach an airgid a gheibhear airson peinnsean a ghluasad (CETV) luach aithnichte nan sochairean ann an sgeama peinnsein a tha ball air a ghleidheadh bho sgeama peinnsein suas gu àm sònraichte, agus sin air a mheasadh le clèireach-urrais. Is iad na sochairean a thèid a mheasadh sochairean tàrmaichte a' bhuill agus peinnsean sam bith aig cèile ceangailte a tha ri phàigheadh bhon sgeama. Is e a tha ann an CETV suim a thèid a phàigheadh le sgeama no rèiteachadh peinnsein gus sochairean peinnsein a ghleidheadh ann an sgeama no rèiteachadh peinnsein eile nuair a dh'fhàgas ball sgeama agus iad a' roghnachadh na sochairean a ghlèidh iad sa chiad sgeama a ghluasad. Tha na figearan peinnsein a tha gan sealltainn a' buntainn ri sochairean a tha an neach fa leth air a ghleidheadh mar thoradh air a' bharrachd iomlan a th' aca san sgeama peinnsein, chan e dìreach an t-seirbheis a nì iad mar phàirt den sgioba-stiùiridh a dh'fheumar fhoillseachadh.

Am measg nam figearan, tha luach sochair peinnsein sam bith ann an sgeama (no rèiteachadh) eile a chuir am ball a-null gu ullachaidhean peinnsein na Seirbheise Catharra. Nam measg cuideachd tha sochair peinnsein sam bith a bharrachd a fhuair am ball seach gun do cheannaich e sochairean peinnsein a bharrachd air a chosgais fhèin. Tha CETV an gan obrachadh a-mach a rèir Riaghailtean Sgeamaichean Peinnsein Obrach (Luachan Cur A-null) (Atharrachadh) 2008 agus chan eil iad a' toirt feart air lùghdachadh sam bith a th' ann aig an àm seo no a dh'fhaodadh a bhith ann san ùine air thoiseach air sochairean mar thoradh air Cìs Cuibhreann Beatha a dh'fhaodadh a bhith ri pàigheadh nuair a thèid na sochairean peinnsein a ghabhail.

Dearbh mheudachadh sa CETV

Tha seo a' sealltainn meudachadh ann an CETV a tha gu ìre mhòr air a mhaoineachadh leis an neach-fastaidh. Chan eil e a' gabhail a-staigh àrdachadh sa pheinnsean ri linn atmhorachd, suimeannan a chuir an neach-obrach ris (a' gabhail a-staigh luach shochairean sam bith a chaidh a ghluasad bho sgeama peinnsein no rèiteachadh eile) agus bidh e a' cleachdadh buaidhean coitcheann a' mhargaidh air luachadh airson toiseach agus deireadh na h-ùine.

Aithisg air Luchd-obrach

Cosgaisean is àireamhan luchd-obrach (air a sgrùdadh)

	Luchd-obrach air am fastadh gu leantainneach	Buill a' Bhùird	Eile	Iomlan 2024/25	Iomlan 2023/24
	£000	£000	£000	£000	£000
Tuarastalan	817	60	-	877	771
Cosgaisean shochairean sòisealta	90	3	-	93	79
Cosgaisean peinnsein eile	236	-	-	236	198
Fo-fhastadh thugainn agus luchd-obrach bhuidhnean- fastaidh	-	-	-	-	(55)
Iomlan	1,143	63	-	1,206	993

Àireamh chuibheasach de luchd-obrach (air a sgrùdadh)

Àireamh chuibheasach de dhaoine ionann is làn-ùine (FTE) air am fastadh rè na bliadhna

	Number 2024/25	Number 2023/24
Àrd-sgioba-stiùiridh	3.00	2.86
Proifeiseanta, riaghladh, rianachd agus taic	14.03	12.42
Total	17.03	15.28

Nòta air gnè

	Fireann 31 Màrt 2025	Boireann 31 Màrt 2025	Fireann 31 Màrt 2024	Boireann 31 Màrt 2024
Coimiseanairean	4	2	4	2
Ceannard	1	-	1	-
Luchd-obrach	5	11	4	13

Luchd-obrach dheth tinn

Bha 73 latha de neo-làthaireachd tinneis sa bhliadhna gu 31 Màrt 2025 (2024: 81 làithean), b' e seo 1.61% de na làithean uile a bha rim faighinn (2024: 2.2%). Tha sin coltach ri gach neach-obrach a bhith dheth tinn 4.2 làithean gu cuibheasach thar na bliadhna (2024: 4.5 latha).

Pasganan fàgail

Cha robh pasganan fàgail ann rè 2024-25 (2023-24: neoni).

Reat-atharrachaidh an sgioba-obrach

Ann an 2024-25 dh'fhàg dithis luchd-obrach maireannach Coimisean Fearainn na h-Alba: seo reat-atharrachaidh luchd-obrach de 11% (22% 2023-24). A thuilleadh air seo, dh'fhàg aon neach ann an dreuchd teirm-stèidhichte an Coimisean, agus ma thèid sin a ghabhail a-steach, tha e a' riochdachadh figear atharrachadh sgioba-obrach de 17% (39% 2023/24).

Poileasaidhean air Co-ionannachd Chothroman, Ciorram agus Iomadachd

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' gabhail ri poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba air co-ionannachd chothroman agus iomadachd. Tha am poileasaidh air co-ionannachd chothroman ag ràdh gum bu chòir gum faigheadh an luchd-obrach an aon làimhseachadh, chan eil e gu diofar dè a' ghnè, an inbhe a thaobh pòsaidh, an aois, an cinneadh, an taobhadh feise, an ciorram, an creideamh no feallsanachd, am pàtran obrach, inbhe a thaobh fastaidh, aithne gnè (tar-ghnèitheach), inbhe màthaireil no athaireil, cùram no ballrachd aonaidh-chiùird a bhiodh aca. Feuchaidh an Coimisean ri leth-bhreith mì-laghail a sheachnadh anns gach taobh de chosnadh a' gabhail a-steach fastadh, adhartachadh, cothroman ionnsachaidh is leasachaidh, pàigheadh is sochairean, smachd agus taghadh airson call dreuchd. Ann an co-rèir ri poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, feumaidh Coimisean Fearainn na h-Alba, gu sònraichte cur ri iomadachd an luchd-obrach anns a' bhuidhinn. Chan urrainn dhan Choimisean leth-bhreith a dhèanamh gu dìreach ann a bhith a' taghadh luchd-obrach airson fastadh no adhartachadh, ach faodaidh an Coimisean dòighean laghail iomchaidh a chleachdadh, a' gabhail a-steach gnìomhan deimhinneach laghail gu sònraichte ri fo-riochdachadh de bhuidheann sam bith a tha an Coimisean a' comharrachadh aig nach eil riochdachadh gu leòr ann an seòrsaichean sònraichte de dh'obraichean. Tha fastadh agus leasachadh dhaoine air a bheil ciorram a' tighinn fon phoileasaidh co-ionannachd chothroman agus iomadachd againn, agus mar phàirt den sgeama Misneachd Ciorraim anns a bheil a' bhuidheann a' gabhail pàirt thèid tagraidhean cosnadh a gheibhear bho thagraiche sam bith a tha a' nochdadh gu bheil ciorram orra a chur air a' gheàrr-liosta ma sheallas iad gu bheil iad a rèir nan slatan-tomhais riatanach uile airson a bhith air a' gheàrr-liosta airson na dreuchd. Nì Coimisean Fearainn na h-Alba atharrachaidhean reusanta do

na cleachdaidhean obrach àbhaisteach aige gus cnap-starra sam bith bho chiorram a sheachnadh. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' gealltainn an luchd-obrach air fad a leasachadh agus a' cur luach gu deimhinneach air farsaingeachd sheallaidhean is eòlais a bheir a h-uile neach dhan obair againn, agus tha e air plana ionnsachaidh is leasachaidh coileanta a chur an sàs.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' tabhann obrachadh sùbailte le bhith a' tabhann obair san dachaigh is san oifis dhan luchd-obrach aca. Tha rùn aig Coimisean Fearainn na h-Alba na dleastanasan aige a libhrigeadh ann an dòigh a bhrosnaicheas co-ionannachd chothroman, aig a bheil e mar amas cur às do leth-bhreith agus do ghiùlan eile air an do chuir reachdas co-ionannachd toirmeasg.

Aithisg Cunntachalachd Phàrlamaideach

Call is pàigheadh sònraichte

Cha robh call no pàigheadh sònraichte ann rè na bliadhna 2024-25 (2023-24: neoni).

Tiodhlacan agus tabhartasan carthannach

Cha robh tiodhlacan no tabhartasan carthannach ann rè na bliadhna 2024-25 (2023-24: neoni).

Fèicheanasan tuiteamach nach eil idir buailteach tachairt

Tha dleastanas air Coimisean Fearainn na h-Alba aithris air fèicheanasan far a bheil an coltas gum bithear a' tar-chur sochair eaconamach mar rèiteachadh ro neo-chosmhail a bhith a rèir a' mhìneachaidh air fèicheanasan tuiteamach fo IAS37. Chan eil gin a dh'fhèicheanasan tuiteamach nach eil idir buailteach tachairt.

Teachd a-steach bho chisean


Cha d' fhuair Coimisean Fearainn na h-Alba teachd a-steach sam bith bho chisean anns a' bhliadhna 2024-25 (2023-24: neoni).



Hamish Trench

Ceannard agus Oifigear Cunntachail

27 Dàmhair 2025



Tha Coimisean
Fearainn na
h-Alba a' gabhail
ri poileasaidhean
Riaghaltas na h-Alba
air co-ionannachd
chothroman agus
iomadachd.

Aithisg an neach-sgrùdaidh neo-eisimeilich do bhuill Coimisean Fearainn na h-Alba, Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba

Aithisg air an sgrùdadh a rinneadh air na h-aithrisean ionmhasail

Beachd air na h-aithrisean ionmhasail

Tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh air na h-aithrisean ionmhasail ann an aithisg bhliadhnail agus cunntasan Coimisean Fearainn na h-Alba airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2025 fo Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016. Sna h-aithrisean ionmhasail tha Aithris air Caiteachas Lom Iomlan, Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail, Aithris air Sruthan Airgid, Aithris air Atharraichean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean agus nòtaichean airson nan aithrisean ionmhasail, a' gabhail a-steach fiosrachadh poileasaidh cunntasachd. Tha am frèam-obrach airson aithrisean ionmhasail a chaidh a chur an sàs ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean seo freagarrach a thaobh lagh iomchaidh agus inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta mar a chaidh gabhail riutha san RA agus a mhìneachadh agus a dhèanamh freagarrach ann an Leabhran an Riaghaltais airson Aithris Ionmhasail airson 2024/25 (FReM 2024/25).

Nar bheachd-ne, tha na h-aithrisean ionmhasail an cois seo:

- a' toirt seachad sealladh fìor is cothromach de shuidheachadh na buidhne air 31 Màrt 2025 agus de a chaiteachas lom airson na bliadhna a thàinig gu crìch an uair sin;
- air an ullachadh gu ceart a rèir inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta mar a chaidh gabhail riutha san RA, agus mar a chaidh a chur an cèill agus atharrachadh ann an FReM 2024/25; agus
- air an ullachadh a rèir riatanasan Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 agus stiùiridhean co-cheangailte ri sin bho Mhinistearan na h-Alba.

Bun-stèidh ar Beachd

Tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh a rèir laghan iomchaidh agus Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) (ISAs (RA)), mar a dh'fheumas sinn fo Chòd nan Cleachdaidhean Sgrùdaidh ris an do chuir Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba aonta. Tha tuilleadh mìneachaidh air ar dleastanasan fo na h-inbhean sin san earrainn den aithisg againn le fios air dleastanasan an luchd-sgrùdaidh ann a bhith a' sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail. Chaidh ar fastadh leis an Àrd-neach-sgrùdaidh air 18 Cèitean 2022. Tha sinn air ar fastaidh fad còig bliadhna, bho 2022/23 gu 2026/27. Tha sinn neo-eisimeileach gun cheangal ris a' bhuidhinn seo a rèir nan riatanasan beusail a bhuineas ris na sgrùdaidhean a nì sinn air aithrisean ionmhasail san RA, a'

gabhail a-steach Inbhe Bheusail na Comhairle Aithris Ionmhasail, agus tha sinn air ar dleastanasan beusail a choileanadh a rèir nan riatanasan sin. Cha deach seirbheisean nach buin dhan sgrùdadh, a tha toirmisgte fon Inbhe Bheusail, a thoirt seachad dhan bhuidhinn. Tha sinn den bheachd gun d' fhuair sinn fianais sgrùdaidh gu leòr agus freagarrach gus taic a thoirt dhan bheachd a ghabh sinn.

Co-dhùnaidhean co-cheangailte ri modhan cunntasachd far a bheilear a' gabhail ris gun cum a' bhuidheann a' dol

Tha sinn air co-dhùnadh gu bheil e iomchaidh na h-aithrisean ionmhasail seo ullachadh leis an tuigse gun cum a' bhuidheann a' dol.

Stèidhichte air an obair a rinn sinn, chan eil sinn air mì-chinnt shusbainteach a chomharrachadh a thaobh thachartasan no suidheachaidhean a dh'fhaodadh, leotha fhèin no còmhla, teagamhan mòra adhbharachadh mun chomas aig a' bhuidhinn cumail orra a' cleachdadh mhodhan cunntasachd, a tha a' gabhail ris gun cum a' bhuidheann a' dol, airson co-dhiù dusan mìos bhon cheann-latha air an deach aontachadh na h-aithrisean ionmhasail fhoillseachadh.

Chan eil na co-dhùnaidhean seo ag amas air, agus chan eil iad a' toirt seachad dearbhadh mu sheasmhachd ionmhasail na buidhne an-dràsta no san àm ri teachd. Ach, bidh sinn ag aithris air rèiteachaidhean na buidhne airson seasmhachd ionmhasail ann an Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail fa leth a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Sgrùdadh Alba.

Cunnartan a thaobh mhì-aithrisean susbainteach

Nì sinn aithris anns an Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail againn air na cunnartan as motha a chomharraich sinn a thaobh mhì-aithrisean susbainteach air an deach measadh a dhèanamh agus air na co-dhùnaidhean againn mun deidhinn.

Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail airson nan aithrisean ionmhasail

Mar a chaidh a mhìneachadh ann am barrachd doimhneachd san Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail, tha an t-Oifigeir Chunntachail a' gabhail uallach airson ullachadh nan aithrisean ionmhasail agus feumaidh e a bhith riaraichte gun toir iad sealladh fìor is cothromach air cùisean a rèir frèam-obrach nan aithrisean ionmhasail, agus tha uallach air cuideachd gus na modhan in-smachd a tha an t-Oifigeir Chunntachail a' meas iomchaidh a chur an sàs, a nì cinnteach gun tèid aithrisean ionmhasail ullachadh anns nach eil mì-aithris, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd.

Nuair a tha e ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, tha uallach air an Oifigeir Chunntachail airson measadh a dhèanamh air comas na buidhne cumail a' dol, agus airson innse, mar a bhios iomchaidh, cùisean co-

cheangailte ri cumail a' dol agus cleachdadh stèidh cunntasachd a thaobh na dùil gun cum a' bhuidheann a' dol, mura h-eil beachd ann crìoch a chur air obair na buidhne.

Dleastanasan an luchd-sgrùdaidh ann a bhith a' sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail

'S e a tha fa-near dhuinn a choileanadh, gum bi barantas reusanta againn nach eil mì-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd, agus aithisg luchd-sgrùdaidh fhoillseachadh san toir sinn seachad ar beachd air na h-aithrisean ionmhasail. 'S e a th' ann am barantas reusanta, barantas cinnteach; chan eil sin na ghealltanais, ge-tà, ma tha mì-aithris shusbainteach ann, gun toir sgrùdadh a thèid a chumail a rèir nan Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) an aire dha sin daonnan. Faodaidh mì-aithrisean èirigh bho fhoill no mearachdan agus tha iad air am meas susbainteach ma thathar an dùil gu reusanta gun toir iad, mar mhì-aithris fa leth no mar ghrunn dhiubh còmhla, buaidh air co-dhùnaidhean a nì luchd-cleachdaidh stèidhichte air na h-aithrisean ionmhasail seo.

Tha neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill nan eisimpleirean de neo-ghèilleadh ri laghan is riaghailtean. Dealbhaidh sinn na dòighean-obrach againn a rèir nan dleastanasan a tha air am mìneachadh gu h-àrd agus mì-aithrisean susbainteach a lorg a thaobh neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill. Tha dòighean-obrach a' gabhail a-steach:

- a' cleachdadh ar tuigse air roinn an riaghaltais mheadhanaich gus comharrachadh gu bheil Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 agus an stiùireadh a rinn Ministearan na h-Alba fo sin cudromach ann an co-theacs na buidhne;
- a' faighneachd den Oifigear Chunntachail mu laghan no riaghailtean eile a dh'fhaodadh buaidh bhunaiteach a thoirt air obair na buidhne;
- a' faighneachd den Oifigear Chunntachail mu phoileasaidhean agus modhan-obrach na buidhne a thaobh gèilleadh ris an fhrèam-obrach laghail is riaghlaidh iomchaidh;
- deasbadan san sgioba sgrùdaidh againn a' measadh cho buailteach 's a tha e gum bi mì-aithrisean susbainteach anns na h-aithrisean ionmhais, a' gabhail a-steach mar a dh'fhaodadh foill tachairt; agus
- a' beachdachadh a bheil na sgilean agus na comasan iomchaidh aig an sgioba sgrùdaidh còmhla gus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean a chomharrachadh no aithneachadh.

Fhuair sinn tuigse air an fhrèam-obrach laghail agus riaghlaidh anns a bheil a' bhuidheann ag obair, agus chomharraich sinn na prìomh laghan agus riaghailtean:

- a tha a' toirt buaidh dhìreach air a bhith a' dearbhadh shuimean agus fhoillseachaidhean susbainteach anns na h-aithrisean ionmhasail.
- Nach toir buaidh dhìreach air na h-aithrisean ionmhais ach far am faodadh gèilleadh riutha a bhith bunaiteach do chomas na buidhne obrachadh no gus peanas susbainteach a sheachnadh. Tha seo a' gabhail a-steach Achd an Dìon Dàta 2018 agus reachdas cosnaidh buntainneach.

Mar thoradh air a bhith a' dèanamh nan rudan gu h-àrd, chomharraich sinn gu robh an comas bu mhotha airson foill a' buntainn ris an riatanas a bhith ag obair taobh a-staigh nan crìochan caiteachais a stèidhich Riaghaltas na h-Alba mar phàirt de dh'Achd a' Bhuidseit (Alba). Is e an cunnart gum faodadh an caiteachas a thaobh gnothaichean deireadh na bliadhna a bhith air atharrachadh gus am bi e a' co-thaobhadh ris an targaid fulangais no gus cothromachadh a choileanadh. Mar fhreagairt air a' chunnart seo, fhuair sinn dearbhadh neo-eisimeileach mu na crìochan ionmhais a thug Riaghaltas na h-Alba seachad agus rinn sinn deuchainn air sampall de thàrmachaidhean, ro-phàighidhean agus fhàirdealan a fhuairleadh timcheall air deireadh na bliadhna gus faighinn a-mach an deach an clàradh san ùine cheart.

Coltach ri sgrùdaidhean eile fo ISAan (RA), feumaidh sinn cuideachd modhan sònraichte a chleachdadh gus dèiligeadh ris a' chunnart gum bi stiùirichean a' seachnadh in-smachd. Ann a bhith a' cur aghaidh air cunnart foill tro stiùirichean a' seachnadh smachdan, rinn sinn deuchainn air freagarrachd inntigidhean sna leabhraichean ionmhais agus air atharrachaidhean eile; rinn sinn measadh a bheil na breithneachaidhean a rinneadh ann a bhith a' dèanamh thuairmsean cunntasachd a' sealltainn gum faodadh clàonadh a bhith ann, agus rinn sinn measadh air an adhbhar gnothachais airson tar-gnìomh cudromach sam bith a tha neo-àbhaisteach no taobh a-muigh cùrsa àbhaisteach a' ghnòthaich.

A bharrachd air seo, tha na dòighean-obrach againn gus aghaidh a chur air na cunnartan a chaidh a chomharrachadh a' gabhail a-steach na leanas:

- a' dèanamh lèirmheas air foillseachaidhean sna h-aithrisean ionmhais le bhith a' coimhead air sgrìobhainnean taice gus dèanamh cinnteach a bheilear a' gèilleadh ri ullachaidhean laghan agus riaghailtean iomchaidh, a chaidh a chomharrachadh mar a bhith a' toirt buaidh dhìreach air na h-aithrisean ionmhais;
- a' cleachdadh modhan anailis gus dàimhean neo-àbhaisteach no ris nach robhar an dùil a chomharrachadh a dh'fhaodadh a bhith a' comharrachadh gu bheil cunnart mì-aithris shusbainteach ann mar thoradh air foill;

- a’ faighneachd de luchd-stiùiridh agus in-sgrùdadh mu chùisean lagha no tagraidhean a tha ann no a dh’fhaodadh a bhith ann, agus eisimpleirean de neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean; agus
- a’ leughadh geàrr-chunntasan nan coinneamhan aig an fheadhainn a tha an urra ri riaghladh agus a’ sgrùdadh aithisgean in-sgrùdaidh.

Tha an ìre gu bheil na modhan-obrach againn comasach air neo-riaghailteachdan a lorg, a’ gabhail a-steach foill, fo bhuidhe an duilgheadais ann a bhith a’ lorg neo-riaghailteachdan, èifeachdas modhan-smachd na buidhne, agus nàdar, àm agus ìre nam modhan sgrùdaidh a chleachdadh.

Tha neo-riaghailteachdan a tha mar thoradh air foill nas duilghe a lorg na neo-riaghailteachdan a tha mar thoradh air mearachd oir faodaidh foill a bhith a’ gabhail a-steach co-rùn, dearmad a dh’aona-ghnothach, mì-riochdachadh, no a bhith a’ seachnadh in-smachd. Tha comas an sgrùdaidh gus foill is neo-riaghailteachdan eile a lorg an eisimeil chùisean leithid sgil a’ chiontaiche, tricead agus meud a’ bhrath-fhoill, ìre a’ cho-rùn a bha na lùib, meud nan suimean air leth air an do rinneadh brath-foill, agus ìre nan daoine fa leth a bha an sàs ann.

Gheibhear tuilleadh mìneachaidh air dleastanasan an luchd-sgrùdaidh ann a bhith a’ sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail air làrach-lìn na Comhairle Aithris Ionmhasail aig www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities. Tha am mìneachadh sin mar phàirt de dh’aithisg an luchd-sgrùdaidh.

Aithris air cho cunbhalach ’s a bha caiteachas is teachd-a-steach

Beachd air cunbhalachd

Nar beachd-ne bha, anns gach dòigh shusbainteach, an caiteachas agus an teachd-a-steach uile a chithear sna h-aithrisean ionmhasail, air an giùlan no air an cur an sàs a rèir chumhachan is stiùiridhean iomchaidh sam bith a dh’fhoillsich Ministearan na h-Alba.

Dleastanasan airson cunbhalachd

Tha dleastanas air an Oifigear Chunntachail gus dèanamh cinnteach gu bheil cunbhalachd ga cur an sàs a thaobh caiteachas is teachd-a-steach na buidhne. A bharrachd air na dleastanasan againn a thaobh mì-aithrisean susbainteach anns na h-aithrisean ionmhais a thaobh neo-riaghailteachdan ann an earrann aithrisean ionmhasail na buidhne, tha e an urra rinn beachd a ghabhail air cho cunbhalach ’s a tha an caiteachas agus teachd-a-steach agus sin a rèir Achd an Ionmhais Phoblaich agus na Cunntachalachd (Alba) 2000.



Aithris air riatanasan eile

Beachd air cùisean eile a tha fo òrdugh Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air a' phàirt sgrùdaichte den Aithisg air ìocadh is Luchd-obrach

Tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh air na pàirtean den Aithisg air ìocadh is Luchd-obrach a chomharraich sinn mar air an sgrùdadh. Nar bheachd-ne, chaidh a' phàirt den Aithisg air ìocadh is Luchd-obrach a tha air a sgrùdadh ullachadh gu ceart a rèir Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 agus stiùiridhean a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fon Achd.

Fiosrachadh eile

Tha an t-Oifigear Cunntachail a' gabhail uallach airson an fhiosrachaidh eile san aithisg bhliadhnail agus cunntasan. 'S e am fiosrachadh eile an Aithisg Coileanaidh agus an Aithisg Cunntachalachd ach a-mhàin na pàirtean sgrùdaichte den Aithisg air ìocadh is Luchd-obrach.

Tha e mar dhleastanas oirnn am fiosrachadh eile uile a leughadh, agus, ann a bhith a' dèanamh sin, feumaidh sinn beachdachadh a bheil nithean susbainteach san fhiosrachadh eile nach eil a' dol leis na h-aithrisean ionmhasail no nach eil ag aontachadh ris an eòlas a fhuair sinn san sgrùdadh no a bheil coltas ann gu bheil mì-aithris shusbainteach san fhiosrachadh. Ma bheir sinn an aire do leithid a nithean neo-chunbhalach susbainteach no gu bheil coltas ann gu bheil mì-aithris shusbainteach ann, bidh againn ri dearbhadh co-dhiù a tha no nach eil mì-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail fhèin mar thoradh air seo. Ma nì sinn co-dhùnadh, stèidhichte air an obair a rinn sinn, gu bheil mì-aithris shusbainteach den fhiosrachadh eile seo, tha againn ri aithris a dhèanamh air sin. Chan eil dad againn ri aithris a thaobh sin.

Chan eil ar beachd air na h-aithrisean ionmhais a' gabhail a-steach an fhiosrachaidh eile agus chan eil sinn a' toirt seachad co-dhùnadh barantachaidh sam bith air sin ach air a-mhàin air an Aithisg Coileanaidh agus an Aithris Riaghlaidh chun na h-ìre is gu bheil e air a ràdh gu soilleir anns na beachdan a leanas fo òrdugh Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba.

Beachdan fo òrdugh Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air an Aithisg Coileanaidh agus Aithris Riaghlaidh

Nar beachd-ne, stèidhichte air an obair a rinn sinn san sgrùdadh:

- tha am fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad san Aithris air Coileanadh airson na bliadhna ionmhais dha bheilear a' deasachadh nan aithrisean ionmhasail ann an co-rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus chaidh an aithisg sin ullachadh a rèir Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 agus stiùiridhean a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fon Achd; agus
- tha am fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad san Aithris air Riaghladh airson na bliadhna ionmhais dha bheilear a' deasachadh nan aithrisean ionmhasail ann an co-rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus chaidh an aithisg sin ullachadh a rèir Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 agus stiùiridhean a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fon Achd.

Cùisean air am feum sinn aithris a dhèanamh mura tachair iad

Feumaidh sinn aithris a dhèanamh, a rèir an stiùiridh bho Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba, ma tha sinn den bheachd:

- nach deach clàran cunntasachd iomchaidh a chumail; no
- nach eil na h-aithrisean ionmhasail agus a' phàirt den Aithisg air ìocadh is Luchd-obrach a bhios ga sgrùdadh ag aontachadh leis na clàran cunntasachd; no
- Nach d' fhuair sinn am fiosrachadh is na mìneachaidhean uile a dh'fheumas sinn airson an sgrùdaidh.

Chan eil dad againn ri aithris mu na cùisean seo.

Co-dhùnaidhean a thaobh ar dleastanasan airson sgrùdadh nas fharsainghe

A thuilleadh air ar dleastanasan co-cheangailte ris an aithisg bhliadhnail agus na cunntasan, chithear ar co-dhùnaidhean a thaobh ar dleastanasan airson sgrùdadh nas fharsainghe, a tha air am mìneachadh ann an Còd nan Cleachdaidhean Sgrùdaidh, san Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail againn.

A' dèanamh feum den aithisg againn

Tha an aithisg seo dìreach do na daoine dhan deach a sgrìobhadh a rèir Achd an Ionmhais Phoblaich agus na Cunntachalachd (Alba) 2000 agus chan ann airson adhbhar sam bith eile. A rèir paragraf 108 de Chòd nan Cleachdaidhean Sgrùdaidh, tha sinn a' gealltainn nach eil uallaichean againn do bhuill no oifigearan, sna dreuchdan pearsanta aca, no do dhaoine eile.



Sarah McGavin, CA (Àrd-neach-sgrùdaidh Reachdail)

Airson agus às leth Deloitte LLP
8mh Làr
The Silver Fin Building
455 Sràid an Aonaidh
Obar Dheathain
AB11 6DB
27 Dàmhair 2025

Aithrisean Ionmhasail

Aithrisean Ionmhasail

Aithris air caiteachas lom iomlan

Airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2025.

		2025	2024
	Nòta	£000	£000
Cosgaisean Luchd-obrach	2	1,206	993
Caiteachas obrachaidh eile	3	439	482
Caiteachas obrachaidh iomlan		1,645	1,475
Caiteachas obrachaidh lom		1,645	1,475

Tha na nòtaichean air taobhan-duilleig 86 gu 96 mar phàirt de na cunntasan seo.

Aithris air an t-suidheachadh ionmhasail

Mar a bha iad air 31 Màrt 2025

		2025	2024
	Nòta	£000	£000
So-mhaoin làithreach			
Malairt is nithean eile a gheibhear	5	32	31
Airgead is nithean co-ionann	6	106	214
So-mhaoin làithreach iomlan		138	245
Fèicheanasan làithreach			
Malairt is nithean eile a phàighear	7	(55)	(130)
Thoir fèicheanasan làithreach air falbh bho na so-mhaoinean làithreach		83	115
Thoir fèicheanasan làithreach air falbh bho sho-mhaoinean iomlan		83	115
Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean			
Cùl-stòr Coitcheann		83	115

Thug an t-Oifigear Cunntachail aonta seachad airson foillseachadh nan aithrisean ionmhasail seo air 27 Dàmhair 2025.

Tha na cunntasan seo a’ dèiligeadh ri tachartasan a-mhàin gu ruige a’ cheann-latha nuair a chaidh aonta a thoirt seachad airson foillseachadh.

Tha na nòtaichean air taobhan-duilleig 82 gu 92 mar phàirt de na cunntasan seo.



Hamish Trench

Ceannard agus Oifigear Cunntachail
27 Dàmhair 2025

Aithris air sruthan airgid

Airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2025

		2025	2024
	Nòta	£000	£000
Sruthan airgid bho ghnìomhan obrachaidh			
Caiteachas Obrachaidh Lom		(1,645)	(1,475)
		(1,645)	(1,475)
Glusadan ann an calpa obrach			
(Ìsleachadh)/àrdachadh air malairt is nithean eile a phàighear	7	(75)	35
Àrdachadh air malairt is nithean eile a gheibhear	5	(1)	(14)
		(76)	21
Sruth-airgid iomlan bho ghnìomhachdan obrachaidh		(1,721)	(1,454)
Gnìomhachdan maoineachaidh			
Tabhartas gus Cuideachadh		1,615	1,535
Repayments of taxpayers' equity to The Scottish Government		(53)	-
Teachd a-steach eile		51	-
Sruth-airgid lom bho ghnìomhachdan maoineachaidh		1,613	1,535
Meudachadh/(lùghdachadh) lom ann an airgead is suimeannan co-ionann ri airgead		(108)	79
Airgead is suimeannan co-ionann aig toiseach na bliadhna	6	214	135
Airgead is suimeannan co-ionann aig deireadh na bliadhna	6	106	214

Tha na nòtaichean air taobhan-duilleig 86 gu 96 mar phàirt de na cunntasan seo.

Aithris air Atharraichean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean

Airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2025

Cùl-stòr Coitcheann	£000
Cothromachadh air 01 Giblean 2023	55
Bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2024	
Tabhartas gus Cuideachadh	1,535
Teachd a-steach eile	-
Caiteachas Uile-chùiseach Lom airson na bliadhna	(1,475)
Cothromachadh air 31 Màrt 2024	115
Bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2025	
Tabhartas gus Cuideachadh	1,615
Teachd a-steach eile*	51
Caiteachas uile-chùiseach lom airson na bliadhna	(1,645)
Pàigheadh air ais earrainnean luchd-pàighidh chìsean gu Riaghaltas na h-Alba**	(53)
Cothromachadh air 31 Màrt 2025	83

* Air a dhèanamh an-àirde à FIRNS agus teachd-a-steach a bharrachd pròiseict Riaghaltas na h-Alba Tha na nòtaichean air taobhan-duilleig 86 gu 96 mar phàirt de na cunntasan seo.

** Tilleadh fo-chaiteachas GIA bho 23/24 gu Riaghaltas na h-Alba.

Nòtaichean mu na h-aithrisean ionmhasail

1. Poileasaidhean cunntasachd

Chaidh na h-aithrisean ionmhais ullachadh a rèir Leabhar-làimhe an Riaghaltais air Aithris Ionmhasail 2024-25 (FReM), a dh'fhoillsicheadh le Roinn Ionmhais an Rìgh, agus a rèir an Stiùiridh air Cunntasan (taobh-duilleig 98) a dh'fhoillsicheadh le Ministearan na h-Alba.

Tha FreM a' cur an cèill cruth nan cunntasan bliadhna. Tha Tabhartas gus Cuideachadh ga thoirt a-steach sa Chùl-stòr Choitcheann anns an Aithris air Atharrachaidhean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean seach anns an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom.

Tha an caiteachas is an teachd-a-steach eile gu lèir anns an Aithris air Caiteachas Lom lomlan.

Tha na cleachdaidhean cunntasachd ann am FreM a' cur an gnìomh Inbhean Eadar-nàiseanta air Aithris Ionmhasail (IFRS), mar a chaidh an atharrachadh no am mìneachadh do shuidheachadh na roinne poblaich.

Far a bheil an Leabhar-làimhe (FreM) a' ceadachadh roghainn a thaobh poileasaidh cunntasachd, thaghadh am poileasaidh a bu fhreagarraiche nar beachd do shuidheachadh sònraichte Coimisean Fearainn na h-Alba airson dealbh fìor agus cothromach a shealltainn.

Tha na poileasaidhean sònraichte a chleachd Coimisean Fearainn na h-Alba air am mìneachadh gu h-ìosal Chaidh an cur an gnìomh gu cunbhalach ann a bhith a' dèiligeadh ri nithean a bhuineas, nar beachd, ris na cunntasan.

Chaidh na h-aithrisean ionmhasail san aithisg seo ullachadh leis an tuigse gun

cùm a' bhuidheann a' dol.

Tha an t-Oifigear Cunntachail air beachdachadh air a' bhuidseat agus air an riarachadh Tabhartas gus Cuideachadh co-cheangailte airson 2025-26 agus tha e den bheachd gu bheil stòrasan gu leòr aig Coimisean Fearainn na h-Alba gus leantainn air adhart leis an obair aige cho fad 's a chithear air adhart.

1.1 Am modh cunntasachd

Chaidh na cunntasan seo ullachadh a rèir modh na cosgais eachdraidheil.

1.2 Seilbh, uidheam is acfhainn

Thathar ag aithneachadh caiteachas air ath-uidheamachadh oifise, àirneis is goireasan oifise, uidheaman-oifise, agus uidheaman is bun-structar teicneòlas fiosrachaidh ma tha so-mhaoin luach co-dhiù £5,000 le beatha cleachdaidh fheumail de cho-dhiù bliadhna. Chan eilear ag aithneachadh cosgaisean stiùireadh phròiseactan coitcheann airson teicneòlas fiosrachadh. Thathar a' clàradh nan so-mhaoinean aig cosgais agus thathar ag ath-sgrùdadh beatha fheumail mheasraichte is luach iarmadach measraichte nan so-mhaoinean gach bliadhna ann an co-rèir ris a' phoileasaidh air rianachd so-mhaoinean.

1.3 Ìsleachadh luach

Thèid ìsleachadh-luach/luach-chrìonadh a dhèanamh air so-mhaoinean a tha air an aithneachadh mar chalpa air stèidh na cosgais eachdraidheil, mar ann an loidhne dhìreach, mar a leanas.

Seilbh, uidheam is acfhainn:

- Ath-sgeadachadh oifis – 10 bliadhna
- Àirneis – 10 bliadhna
- Uidheaman-oifise – 5 bliadhna.

Teicneòlas fiosrachaidh:

- Uidheaman teicneòlas fiosrachaidh – 3 bliadhna
- Bun-structar teicneòlas fiosrachaidh – 3 bliadhna.

So-mhaoinean do-bheantainn:

- Ceadachasan Bathair-bog – 3 bliadhna
- Bathar-bog leasaichte agus làrach-lìn – 3 bliadhna

Thathar a’ cur às na cunntasan ath-uidheamachadh is àirneis oifise thairis air beatha iarmadach an lìosa (ceann-latha a’ chiad bhriseadh anns an lìos) ma tha sin fo 10 bliadhna. Thathar a’ cur às na cunntasan bathar-bog teicneòlas fiosrachaidh, a’ gabhail a-steach bathar-bog a chaidh a leasachadh, thairis air a’ bheatha ris a bheil dùil ma tha sin nas lugha na trì bliadhna. Thathar ag ath-sgrùdadh na beatha feumail measraichte agus nan luachan iarmadach gach bliadhna.

1.4 Cìs Luach-leasaichte

Tha VAT nach fhaighear air ais ga chur ris na cosgaisean buntainneach agus ga chur mar chis ris an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom san ùine san do dh’èirich e.

1.5 Sochairean fhastaichean

Tha tuarastalan is pàighidhean ceangailte ri fastadh gan aithnichte anns a’ bhliadhna sam faighear an t-seirbheis bho luchd-obrach. Aithnichear na chosgais làithean-saora bliadhnail agus an airidheachd a gheibhear le bhith ag obair uairean sùbailte a thathar a’ cosnadh gun a bhith gan gabhail le luchd-obrach aig deireadh na bliadhna chun na h-ìre is gu bheil cead aig luchd-obrach fòrladh a thoirt air adhart a-steach dhan

bhliadhna an dèidh làimhe. Thathar ag aithneachadh fèicheanas agus cosgais gach cuid airson fòrladh a fhuairleadh ach nach deach a chleachdadh agus airson nam balansan fòrlaidh mar bha iad air 31 Màrt a tha acasan aig a bheil uairean sùbailte, ann an co-rèir ris a’ phoileasaidh air a chùlaibh. Tha na cosgaisean seo a’ nochdadh anns an Aithisg air Ìocadh is Luchd-obrach.

1.6 Cosgaisean peinnsein

Buinidh na cosgaisean pheinnseanan, a tha gan ainmeachadh ann an cunntasan Coimisean Fearainn na h-Alba, ris an ùine sam faigh an Coimisean buannachd bho sheirbheisean an neach-obrach. Tha seo a’ gabhail a-steach suimeannan a tha a’ tighinn fo na h-ullachaidhean ann am Prìomh Sgeama Peinnsein na Seirbheis Catharra (PCSPS), sgeama shochairean socraichte, a tha gam pàigheadh le Riaghaltas na h-Alba dhan sgeama PCSPS a rèir nuair a tha suimeannan gan clàradh.

Chan urrainn dhan Choimisean aithneachadh dè an roinn a bhiodh aige de na so-mhaoinean is fèicheanasan air cùl chùisean, agus mar sin tha am fèicheanas gus sochairean a phàigheadh anns an ùine ri teachd na chis air PCSPS, a bhios ag ullachadh a aithrisean-sgeama fhèin.

1.7 Nithean malairt a gheibhear

Tha a h-uile suim shusbainteach a bha ri pàigheadh aig 31 Màrt 2025 ga toirt a-steach anns an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom; chan eil e gu diofar cuin a fhuairleadh na pàighidhean fhèin.

1.8 Nithean malairt rim pàigheadh

Tha a h-uile suim shusbainteach a bha ri pàigheadh aig 31 Màrt 2025 ga toirt a-steach anns an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom; chan eil e gu diofar cuin a rinneadh na pàighidhean fhèin.



1.9 Airgead is nithean co-ionann

Anns an aithris air an t-suidheachadh ionmhasail, tha airgead agus suimeannan co-ionann ri airgead a' gabhail a-steach airgead a tha sa bhanca agus airgead ri làimh.

1.10 Tabhartas gus Cuideachadh

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' faighinn Tabhartas gus Cuideachadh gus an caiteachas lom aige a mhaoineachadh. Tha Tabhartas gus Cuideachadh ga chur mar chreideas ris a' Chùl-stòr Choitcheann san ùine san d'fhuair e. Tha cosgais lom Coimisean Fearainn na h-Alba ga chur mar chis air a' mhaoin seo.

1.11 Breithean cudromach air cunntasachd agus prìomh fhreumhan co-cheangailte ri tuairmsean

Ann an cur an sàs poileasaidhean cunntasachd Coimisean Fearainn na h-Alba air a bheil iomradh ann an Nòta 1, feumaidh an t-Oifigear Cunntachail breithean, measaidhean agus ro-bheachdan a dhèanamh mun ìre de sho-mhaoinean is fèicheanasan bho fhreumhan eile nach eil follaiseach sa bhad bho thùsan eile.

Tha na measaidhean agus na ro-bheachdan nan lùib stèidhichte air fiosrachadh eachdraidheil agus nithean eile a thathar a' meas buntainneach agus thèid ath-sgrùdadh


a dhèanamh orra gu cunbhalach. Tha atharrachaidhean air measaidhean cunntasachd gan aithneachadh anns an ùine nuair a nithear ath-bhreithneachadh air a' mheasadh, ma bhios an t-atharrachadh a' bualadh air an ùine sin a-mhàin, no ann an àm an ath-bhreithneachaidh agus san ùine air thoiseach ma bhios an t-ath-bhreithneachadh a' bualadh air an ùine làireach agus ri thighinn le chèile.

A thaobh bliadhna ionmhais 2024/25, cha deach breithean cudromach no tuairmsean susbainteach a dhèanamh.

1.12 A' gabhail inbhean ùra is ùraichte os làimh

Air a' cheann-latha a fhuair na h-aithrisean ionmhais seo aonta, bha na cùisean a leanas ann, a tha co-cheangailte ri Inbhean Cunntasachd ach nach robh ann an èifeachd, airson Coimisean Fearainn na h-Alba: IFRS 14 Cunntasan Dàlaichean Riaghlaidh – Èifeachdach airson amannan cunntasachd a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Faoilleach 2016 – chan eil seo a' buntainn ri Coimisean an Fhearainn; IFRS 17 Cùmhnantan àrachais – An gnìomh airson ùineachan cunntasachd a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Faoilleach 2021.

Chan eil FreM fhathast air gabhail ri inbhe IFRS17 agus chan eil i a' buntainn ri Coimisean Fearainn na h-Alba.



Ann an àrainneachd
poileasaidh is ionmhais
caochlaideach, tha sinn
fhathast ag amas air
a bhith nar buidheann
fhreagairteach,
adhartach.

2. Cosgaisean Luchd-obrach

	Luchd-obrach air am fastadh gu leantainneach	Buill a' Bhùird	Eile	Iomlan 2024-25	Iomlan 2023-24
	£000	£000	£000	£000	£000
Tuarastalan	817	60	-	877	771
Cosgaisean shochairan sòisealta	90	3	-	93	79
Cosgaisean peinnsein eile	236	-	-	236	198
Fo-fhastadh thugainn agus luchd-obrach bhuidhnean-cosnaidh	-	-	-	-	(55)
Iomlan	1,143	63	-	1,206	993

3. Other operating expenses

	2025	2024
	£000	£000
Cosgaisean àite-còmhnaidh	29	18
Rannsachadh is Poileasaidh	67	147
Siostaman fiosrachaidh is tele-chonaltraidh	5	26
Trèanadh	15	26
Coinneamhan poblach is cosgaisean cho-labhairtean	33	7
Siubhal is cosgaisean bith-beò - Coimiseanairean	13	13
Siubhal is cosgaisean bith-beò - luchd-obrach	21	26
Gnìomhachd conaltraidh	34	50
Goireasan daonna - seirbheisean co-roinnte	18	15
Seirbheisean IT	71	70
Cosgaisean laghail is proifeiseanta	22	28
Co-obrachadh	42	-
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh taobh a-muigh	36	34
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh taobh a-staigh	27	12
Cosgaisean ruith eile	6	10
Iomlan	439	482

4. Seilbh, uidheam is acfhainn

Teicneòlas Fiosrachaidh 2023-24

Cosgais	£000
Air 1 Giblean 2023	7
Cur ris	-
Air 31 Màrt 2024	7
Ìsleachadh luach agus damaiste	
Air 1 Giblean 2023	7
Ìsleachadh luach air a chur ris rè na bliadhna	-
Air 31 Màrt 2024	7
Luach giùlain	
Air 31 Màrt 2024	-
Air 31 Màrt 2023	-

Teicneòlas Fiosrachaidh 2024-25

Cosgais	£000
Air 1 Giblean 2024	7
Cur ris	-
Cuidhtean	(7)
Air 31 Màrt 2025	-
Ìsleachadh luach agus damaiste	
Air 1 Giblean 2024	7
Ìsleachadh luach air a chur ris rè na bliadhna	-
Cur às so-mhaoin	(7)
Air 31 Màrt 2025	-
Luach giùlain	
Air 31 Màrt 2025	-
Air 31 Màrt 2024	-

5. Malairt is nithean eile a gheibhear

	2025	2024
Suimeannan rim pàigheadh taobh a-staigh bliadhna	£000	£000
Nithean malairt a gheibhear	9	21
Ro-phàighidhean agus teachd-a-steach tàrmaichte	23	10
Iomlan	32	31

6. Airgead is nithean co-ionann

	£000
Cothromachadh air 01 Giblean 2024	214
An t-atharrachadh lom ann an suimeannan airgid is suimeannan co-ionann ri airgead	(108)
Cothromachadh air 31 Màrt 2025	106
B' iad na suimeannan a leanas a bh' againn air 31 Màrt le seirbheis banca an riaghaltais agus mar airgead ri làimh	106
Cothromachadh air 31 Màrt 2025	106

7. Malairt is nithean eile a phàighear

	2025	2024
	£000	£000
Nithean malairt rim pàigheadh	-	23
Tàrmachaidhean	55	107
Iomlan	55	130

8. Geallaidhean fo chùmhnanntan eile nach gabh a chur às

Chithear anns a' chlàr shìos suim nam pàighidhean a nithear, mar ìos-mheud, san àm ri teachd fo chùmhnanntan a ghabhadh os làimh ro 31 Màrt 2025 airson gach fear de na h-ùineachan a leanas. Tha fiachadh fo na cùmhnanntan seo bho 31 Màrt 2022 a' gabhail a-steach:

	2025	2024
Pròiseactan	£000	£000
Gun a bhith nas fhaide na bliadhna	107	144
Nas fhaide na bliadhna agus gun a bhith nas fhaide na còig bliadhna	85	153

9. Tar-ghnìomhan le pàrtaidhean ceangailte

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba na Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus tha e a' meas gu bheil na buidhnean a leanas nam pàrtaidhean ceangailte:

'S e Buidheann-stiùiridh Sponsaireachd Coimisean Fearainn na h-Alba Buidheann-stiùiridh Poileasaidh Cleachdadh Fearainn is Poileasaidh Dùthchail Riaghaltas na h-Alba (a' Bhuidheann-stiùiridh Sponsaireachd) agus bha tar-ghnìomhan nach bu bheag aig Coimisean Fearainn na h-Alba leis a' Bhuidhinn-stiùiridh Sponsaireachd tron bhliadhna ionmhais. Bha tar-ghnìomhan ionmhais leis a' Bhuidhinn-stiùiridh air an dèanamh suas de Thabhartas gus Cuideachadh, mar a thathar a' nochdadh anns an Aithris air Atharrachaidhean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean. A thuilleadh air sin, chaidh aon neach-obrach fho-fhastadh le Riaghaltas na h-Alba

Tha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh cuideachd na Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) air a sponsaireadh le Riaghaltas na h-Alba. Chaidh seirbheisean airson goireasan daonna agus rola-pàighidh a sholarachadh leis an Ùghdarras dhan Choimisean rè na bliadhna, aig cosgais £9,000 (£15,000 2023/24). Chaidh an rèiteachadh seo atharrachadh airson na bliadhna ionmhais 2024/25 le lùghdachadh ann an taic HR.

'S e buidheann phoblach a th' ann an Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus thug iad cothrom dhan Choimisean àite a chleachdadh anns a' bhliadhna seo san oifis aca aig An Lòchran ann an Inbhir Nis aig cosgais £28,000 (£19,000 2023/24).

Rè na bliadhna, cha do rinneadh tar-ghnìomhan le pàrtaidhean ceangailte le buill a' Choimisein no le prìomh luchd-obrach stiùiridh.

10. Ionnsramaidean ionmhasail

Ri linn na seòrsa obrach neo-mhalairtich a tha aig Coimisean Fearainn na h-Alba agus an dòigh sa bheilear a' maoineachadh roinnean an Riaghaltais, chan eil an aon ìre de chunnart ionmhasail ann do Choimisean Fearainn na h-Alba 's a bhiodh do bhuidhnean gnothachais. Chan eil iasadan aig Coimisean Fearainn na h-Alba, agus tha e an urra ri tabhartasan bho Riaghaltas na h-Alba airson nan riatanasan airgid aige. Mar sin, chan eil cunnart mòr ann gum bi gainnead airgid aig Coimisean Fearainn na h-Alba. Chan eil eàrlais shusbainteach aige, agus tha na so-mhaoinean is fèicheanasan uile aige air an cumail ann an sterling agus, mar sin, chan eil ìre an rèidh no ìre an ruith-airgid nan cunnart dha.

Thathar ag aithneachadh sho-mhaoinean ionmhasail air an Aithris air Suidheachadh Ionmhasail nuair a thig Coimisean Fearainn na h-Alba gu bhith na phàrtaidh do chumhachan cunradail na h-ionnsramaid ionmhasail no, airson nithean a gheibhear ann am malairt, nuair a tha na nithean no seirbheisean air an libhrigeadh. Tha so-mhaoinean ionmhasail air an dì-aithneachadh nuair a tha na còraichean cunradail gan cur às no nuair a chaidh an so-mhaoin a thar-chur. Chan eil so-mhaoinean eile seach airgead agus nithean a gheibhear ann am malairt aig Coimisean Fearainn na h-Alba. Bha ro-phàighidhean de £23,000 ann, agus Nithean Malairt a Gheibhear de £9,000 am-bliadhna. Chan eil ro-phàigheadh a rèir mìneachadh ionnstramaid reachdail. Mar sin, chan eil anns an ionnstramaid reachdail ach airgead is nithean co-ionann ri airgead, agus gheibhear fiosrachadh ann an Nòta 6. Chan eil riadh air nithean a gheibhear ann am malairt agus tha iad a' nochdadh aig an luach ainmeach, an dèidh solar airson damaiste fhàgail às.

Thathar ag aithneachadh fhèicheanasan ionmhasail anns an Aithris air Suidheachadh Ionmhasail nuair a thig Coimisean Fearainn na h-Alba gu bhith na phàrtaidh do chumhachan cunradail na h-ionnsramaid ionmhasail no, airson nithean ri phàigheadh ann am malairt, nuair a gheibhear na nithean no seirbheisean. Tha fèicheanasan ionmhasail air an dì-aithneachadh nuair a tha am fèicheanas air a choileanadh, is e sin, nuair a tha am fèicheanas air a phàigheadh no air a chur às. Chan eil fèicheanasan eile seach nithean ri phàigheadh ann am malairt aig Coimisean Fearainn na h-Alba. Chan eil riadh air nithean ri phàigheadh ann am malairt, agus tha iad a' nochdadh aig an luach ainmeach.

11. Tachartasan an dèidh làimhe

Chan eil na h-aithrisean ionmhais is nòtaichean a' dèiligeadh ri tachartasan a' gabhail àite an dèidh a' cheann-latha nuair a chaidh aonta a thoirt seachad airson foillseachadh. Far an robh tachartasan a' gabhail àite ron latha seo a' toirt fiosrachadh mu dheidhinn chùisean mar a bha iad air 31 Màrt 2025, chaidh na figearan anns na h-aithrisean ionmhais agus

nòtaichean atharrachadh anns gach seagh bunaitheach gus buaidh an fhiosrachaidh seo a shealltainn.

Chan eil tachartasan an dèidh làimhe sam bith againn.

12. Fios mu roinnean

Fo IFRS 8, feumar roinnean obrachaidh a bhith air an comharrachadh a rèir aithisgean air an taobh a-staigh a bhios air an ath-sgrùdadh gu cunbhalach leis a' phrìomh neach-co-dhùnaidh obrachaidh gus goireasan a riarachadh dhan roinn agus gus a choileanadh a mheasadh.

Bidh Coimisean Fearainn na h-Alba ag aithris fiosrachadh roinneil stèidhichte air na raointean prìomhachais agus builean a tha air am mìneachadh sa Phlana Ro-innleachdail agus air aontachadh leis an sgioba-stiùiridh agus leis a' Bhòrd. Tha poileasaidhean cunntasachd nam builean air am feumar aithris co-ionann ris na poileasaidhean cunntasachd a tha air am mìneachadh ann an nòta 1 (taobh-duilleig 86).

Ann an 2024-25 libhrig Coimisean Fearainn na h-Alba am prògram obrach aca tro na raointean prìomhachais a leanas mar a chaidh a mhìneachadh anns an earrainn Aithisg Coileanaidh (Taobh-duilleig 17 gu 31) den aithisg bhliadhnail.

Tha an clàr a' taisbeanadh fiosrachadh riaghlaidh mu theachd a-steach agus caiteachas co-cheangailte ris na roinnean obrachaidh airson na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2025.

Chan eilear ag aithris air so-mhaoin is fèicheanasan eile air stèidh roinneil seach nach eil iad nam pàirt den ath-sgrùdadh cunbhalach leis an luchd-stiùiridh gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mu ghoireasan a thèid a riarachadh dhan roinn no gus a choileanadh a mheasadh.



Caitheamh sa bhliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2025

	Prìomh Chosgaisean Obrachaidh	Prìomhachas 1	Prìomhachas 2	Prìomhachas 3	Prìomhachas 4	Iomlan
	£000	£000	£000	£000	£000	£000
Cosgaisean nan Coimiseanairean	76	-	-	-	-	76
Cosgaisean Luchd-obrach	1,179	-	-	-	-	1,179
Seirbheisean Corporra	212	-	-	-	-	212
Conaltradh is tachartasan	68	-	-	-	-	68
Cosgaisean eile	-	42	42	25	1	110
Iomlan	1,535	42	42	25	1	1,645



Stiùireadh air Cunntasan





Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

STIÙIREADH GU COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA BHO MHINISTEARAN NA H-ALBA

1. Tha Ministearan na h-Alba, ann an co-rèir ri Earrann 19 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016, a' toirt seachad le seo an stiùireadh a leanas.
2. Cumaidh an aithris air na cunntasan airson na bliadhna ionmhais a chrìochnaich air 31 Màrt 2018, agus gach bliadhna às dèidh sin, ri prionnsapalan cunntasachd agus riatanasan foillseachaidh a gheibhear ann an Leabhran an Riaghaltais airson Aithris Ionmhasail (FReM) a tha an gnìomh sa bhliadhna dhan deach an aithris air na cunntasan ullachadh.
3. Thèid na cunntasan ullachadh gus sealladh fìor is cothromach a thoirt air teachd-a-steach, caiteachas agus sruthan airgid airson na bliadhna ionmhais, agus air an t-suidheachadh aig deireadh na bliadhna ionmhais.
4. Thèid na cunntasan ullachadh gus sealladh fìor is cothromach a thoirt air teachd-a-steach, caiteachas agus sruthan airgid airson na bliadhna ionmhais, agus air an t-suidheachadh aig deireadh na bliadhna ionmhais.

Chaidh ainm a chur ri seo le ùghdarras Ministearan na h-Alba.

10 Cèitean 2018



Ma tha sibh ag iarraidh lethbhreac den sgrìobhainn seo sa Ghàidhlig, cuiribh post-d gu **commsteam@landcommission.gov.scot** no cuiribh fòn gu **01463 423 300**.

If you would like to request a copy of this document in Gaelic, please email **commsteam@landcommission.gov.scot** or call **01463 423 300**.



Scottish Land Commission
Coimisean Fearainn na h-Alba

Coimisean Fearainn na h-Alba

An Lòchran

10 Àrainn Inbhir Nis Inbhir Nis
IV2 5NA

info@landcommission.gov.scot

01463 423 300

www.landcommission.gov.scot

